





---

# LITIR

AIR

## CEUD-THUIS

A<sup>2</sup>

CHREIDIMH CHRIOSDUIDH.

---

Digitized by the Internet Archive  
in 2013

# LITIR

AIR

## CEUD-THUIS.

A'

Chreidimh Chríosdusibh,

SGRIOBHTA LE

HANNAH N'IC-NA-CEAIRD,

(Nighean is sine a Cheart Urramaich Sir Iain Mac-na-Ceaird, R.)

A BHASUICH AIR AN 22 DO MHAIGH, 1818,

AGUS

AIR A H-EADAR-THEANGACHADH GU GAELIG,

LE

IAIN MAC-NA-CEAIRD,

'AN RAINeach.

---

" Chriochnaich mi mo thuras,

Ghleidh mi an creidimh."

2 TIM. iv. 3.

---

Dun-eudainn :

CLO'-BHUALLTE AIRSON AN EADAR-THEANGAIR,  
LE RAIBEARD MEINNE.

---

1819.

## MEARACHDAN A CHLO'-BHUALAIDH.

---

- |                                    |                      |
|------------------------------------|----------------------|
| T. 11, S. 8, <i>airson</i> urrain, | <i>leugh</i> urrainn |
| — 19, — 8, — urraim,               | — urrainn            |
| — 19, — 13, — prhiomh,             | — phriomh            |
| — 26, — 11, — neo-h omasach,       | — neo-chomasach      |
| — 30, — 12, — cuimhichead,         | — cuimhnichead       |



---

Entered in Stationers' Hall.

---

# RABHADH

DO'N

## CHEUD CHLO-BHUALADH.

---

BHA ban-sgriobhair na litreach so, o aois a h-oige, comharaichte, le bla speisealachd do dhiadh'achd. Bha 'n t-eolas a choisinn i air a teagasgaibh, co math r'a coliontachd ann am mòran do-nithibh measail eile, d'an t-samhladh a b'airde. B'e a mòr thoilinntinn ceud-thùis a Chreidimh Chriosduidh a mhìneachadh do'n oigridh, agus ghabh i toileachadh sònruichte ann an oilleanachadh a braithrean 's a peath-raichean. Dh'asluich aon d'an chaidh ainmeach fa dheire, mo chuigeabh nighean (a nis) oirre gu dùrachdach, i chur sios 'an sgrìobhadh a ni rinn i gu minic a mhìneachadh 'an cainnt. B'e co-dhunadh an iarrtuis sin an litir a' leanas. Ge nach deach smuaineach riamh air a clo-bhualadh, tha mi ga mhothachadh orm fein mar dhleasnas a cuir an ceil, airson toileachais d'a cairdean, agus air son feum sluaigh eile. Fad rè a beatha, cha d'thug ni air bith uiread thoileachais do m' Nighinn ghradhaich ri maith a dheanamh ; agus ma tha spioraid an t-sluaigh a db'fhasg sinn fiosrach air ciod a tha tachairt-air

an talamh, ni ise gairdeachas ann bhi fathast co-masach air cuideachadh leis an theum aca-san a dh' fhag i na deigh.

Bha ban-sgriobhair mhòr-luachmhor na lit-reach so, rè mòran bhliadhna chan, anshocarach le cathachadh caitheach. Ann an dol mu'n cuairt mar bu ghnàth leatha, airson ghnothaichibh diadhaidh agus mathasach, ghlac i gu mi-sheal-bhar fuachd air ceud mhios na bliadhna fa dheire, a mheudaich a h-euslainnt gu inbhe co mòr, 's gun d'fhairtlich i air seoltachd na'n leigh mhur-rach chliùteach a bha 'ga frithealadh rè a tinneis; agus an deigh cheithir miosan do sheargadh mall, chrioch i, as eug'ais a bheag de choslas spairn, air maduinn an 22 do Mhaigh (1818). Bu teagasc annsach leatha “Gum b'fhearr mair-“ neal na bas *obann*, o'n bha è toirt cothrom dò “'n fhior chriosduidh air math a dheanamh do “shluagh eile, leis an eisiomplair striochdta, “agus dhiadhaidh, a dheasaicheadh è.” Anns a mhiann sin bha i toilichte, agus cha d'fhaill-nich i riamh ann an cur air adhart, gach cothrom rachadh thoirt seachad mar so, a bhui-leachadh air smuain co fior mhaiseach agus oirdheirc.

Cha tuille 's mor è ri aireamh, nach fhac 'aon neach riamh a h-inntinn frionasach, ni mò chual-as i riamh 'g radh ni sam bith reasgach no neo-mhothachail a thaobh caithe'beatha, no giùlain neach eile. Cha d'riean i coire riamh le a toil,

agus cha do dhearmad i math a dheanamh an uair a gheibheadh i 'n cothrom. A thaobh gloinead agus oirdheirceas a barailean diadhaidh, leig leis na leanas fianuis a thabhairt.

Cha b'urrainn neach saoghalta sam bith bhi na b'fhearr air ullachadh airson a chaochlaidh uamhasaich a dh'fhuling i. Ach 's fheudar do 'n t-sàr chùis sin is aobhar do na h-uiread shòlais da cairdibh brònach, an doilgheas a mhothaich iad antromachadh, airson na calldaich chudthromaich a dh'fhuling iad.

### IAIN MAC-NA-CEAIRD.

*Ornly Lodge,  
Ham Common, Surrey,* }  
27th May, 1818.

# RABHADH

DO'N

## DARA CLO-BHUALADH.

---

'S AOIBHNEACH leam a chluinntinn, gu'n do thachair foillseachadh na h-oibre bige so an-deigh bais, r' a leithid do mhòr thaitneachd, gu'n deachaidh a cheana gairm air an dara clo-bhualadh. Cha b'urrainn, gu deimhin, ni sam bith bhi comasach air tuille luidheachid a thoirt do'n Ughdar na brath fhaotainn, le Diadhairibh ainmeil 'n an aidmheil, gun do leugh iad Litir mo Nighinn, "cha 'n ann a mhain le sòlas, ach *le leasachadh agus buannachd*." Tha mar an ceudna na rùn-phairtichean a shluaras o aireamh do shluagh urramach eile, (ata ri fhaicinn anns an Leasachadh), gu h-iomlan a' fireannachadh foillseachadh Paipair nach do mhiannaiche airson a' chlò-chclair,\* ach, ma thoilleas è a' moladh

\* In the Christian Observer, No. XII. vol. 17, p. 819, it is well remarked, "That instructions for youth, written by the pen of a friend, *without any view to publication*, often partake of a tenderness and simplicity, which do not always characterise the writings of professed authors."

7

chaidh bhuileachadh air, no cuibhrionn riaghailteach dheth, bhiodh è coireach dhomhs a chumail air ais o'n chumanta. Tha ceuman air an gabhail gus an Leabhar ath-chlo-bhualadh 'n America, (far am bheil gach reusan ri earbsa gu'n gabhar ris gu math) ; agus gu eadar-theangachadh 'an càinainean coigreachail, mar obair coslach ri bhi taitneach do fhior chrios-duidhibh de gach aidmheil.

Anns a chlo-bhualadh so tha comharan air an deanamh do na h-aitibh sin 'sa Bhiobal, far a' bheil na stèigh-theagaisg ainmichte r' a fhao-tainn ; 's fheudar d'an toirt fa'near bhi na ghnathachadh taitneach do gach leughadair, agus na aobhar sòlais do na h-anshocaraich.

I. M'N'C.

*Ormly Lodge,*  
*Ham Common, Surrey,* }  
*25th July, 1818.* }

# RABHADH

DO'N

T-SEACHDAMH CLO-BHUALADH.

---

Is cùis ro thaitneach do dh'Ughdar na h-oibre  
bige so, an deigh bais, gu bheil i mairsinn 'an  
gairm, mar leasachadh do na ceithir clo-bhualad-  
tean a chaidh chlo-bhualadh 'an Lunduinn,  
chaidh aon eile chlo-bhualadh an Dun-eudainn,  
agus aon aig Caisteal nodha (Thyne); agus tha  
'n seachdamh a nis teachd am follais o chlò-  
chlar Lunduinn. Ge do rùnaiche i amhain air  
tùs airson cuairt teaghlaich, tha 'n taitneachd a  
thachair rithe, gu h-iomlan a firinneachadh a  
foillseachaidh. Gu deimhin tha 'n cusbair  
airson an deach a' deanamh suas, ag aomadh r'  
a toillteannas arduchadh, agus a' leasachadh  
ris an toradh a tha i toirt uaipe air na h-inntinn-  
ibh aca-san aig an robh cothrom air a leughadh.\*

I. M'N'C.

*Ormly Lodge,  
Ham Common, Surrey,* }  
7th Jan. 1819.

\* - In the Christian Observer, p. 818, it is justly stated, " That there is a class of females, whose

# SEALLADH COITCHIONN

DE

## CHEUD THUIS A' CHREIDIMH CHRIOSDUIDH,

MAR A THA E MINICHTE 'AN LEABHAR

HANNAH N'IC-NA-CEAIRD,

AIR AN TEAGASG SIN.

---

Tha 'n tairbhe a tha ri fhaotainn o leughadh na h-Astharruing a leanas, minichte mar so, ann 'an Litir o Phears'-eaglais ainmeil gu Sir Iain Mac-na-Ceaird, sgrìobh't air a' 4mh là do mhios meadh-onach an Fhogharaidh, 1818.

“ Tha mi smuaineachadh da rìreadh, gu'n dearbh  
“ a leithid d' a shealladh coitchionn 's a tharruing  
“ thu suas gu bhi air ath-cheangaladh ri Leabhar

“ power of benefiting their immediate connections,  
“ and ultimately Society at large, is often second  
“ only to that of mothers themselves, but whose  
“ duties have not, perhaps, been sufficiently noticed,  
“ in the exhortations which have been issued from  
“ the press, or been inculcated from the pulpit ;—  
“ *We mean, the elder sisters in large families.*” Among other judicious remarks, on this subject, it is likewise observed, “ That various circumstances  
“ often invest them with an influence, which, though  
“ nominally far less than that of a mother, will not  
“ unfrequently be found *practically* equal, or even  
“ greater.”

“ do Nighinn, na bheannachadh dó mhòran ; do  
 “ bhrìgh gu’n gairm è aire an leughadair ni’s fhaigse  
 “ na bhiodh a chor air mhughadh dòigh do na steigh-  
 “ theagaisg fa leth a tha mìnichte ’s an leabhar, oir  
 “ dh’fhaoda cuid diubh bhi air sealltuinn tharais  
 “ orra, an uair a bhiodh iad air [an cur as an riagh-  
 “ ailt ’an labhairt bhidheanta.”

---

1. Gur fheudar dhuinn geur-mhothachadh iomlan a bhi againn air truailli’achd naduir a chinne-daonna, mu ’n urrainn duinn an t-slainte th’ air a h-ullachadh dhuinn le Iosa Criod a dhlù-ghabhail d’ ar n-ionnsuidh gu trèibhdhi-reach, ni nach ’eil an sealladh Dhe mar lochd eatrom, *ach na thruailli’achd dhomhain*, a’ cu-mail air ais a chridhe o sheirbhis Dè, agus a’ deanamh cleachdan na diadh’achd neo-tharbhach agus fadalach.

2. Nach e amhain gu bheil an duine, ’n a staid pheacaich ’s an àm, fuathach air co-roinn na co-chomunn diadhaidh sam bith a deanamh ri Dia, ach gu bheil è brosnicht’ le spiorad eas-umhlachd agus ceannairc ’n aghaidh a chru-thai’ear. Gu bheil moran dhiubhsan a tha deanamh a ni ris an abrar *dleasnais mhodhannail*, nach ’eil ’ga ’n co-lionadh do bhrigh gur iad aithntibh Dhè, na o mhiann co-lionta ’s dleas-nach na thoileachadh, ach an darna cuid o aobhar eigin fhein speiseil, na o uamhas cumhaichd a tha fios aca nach gabh cuir an aghaidh.

3. Gun d'fhoillsich Dia gu minic 's an Sgrioptuir, nach ceaduich è air chor sam bith dhoibhsan a tha mar so air teicheadh uaith teachd 'na fhianuis ; agus gu bheil è fèumail do dhuine (cainnt fhreagarrach ar Fear-saoruidh a ghnàth-achadh) “ *bhi air a bhreith a ris,* \*” no 'm briathraibh an Abstoil Phoil, fas “ na chreutair nuadh, \*” m' an urrain è dol a stigh do rioghachd Neamha.

4. Chum am mùghadh gnè'ail a thoirt gu crich a tha mar so air iarruidh, 's eigin d' a chridhe gach neach tha 'n dèigh air slainte, bhi dealbhta gu domhain, trid cumhachd agus oibreachadh an Spioraid Naoimha, le geur-mhothachadh daingean air fheum ionlan air Fear-saoruidh, gu fhuasgladh o staid peacaidh agus truaighe.

5. Gu'n d' rinn ar Fear-saoruidh, le bhàs agus le shulangas, dioladh airson peacaibh a chinneadaonna. Gu'n do gnàthaich è mar an ceudna, fhad sa bha è air thalamh, gach subhailc na 'n gloinead ionlan, agus gun cho-lion è toil Athar Neamhuidh, 'n a h-uil' fharsuinngeachd ; agus chaidh so a dheanamh, cha 'n ann amhain air-

\* John iii. 3.—2 Cor. v. 17. By these expressions are meant, not a physical regeneration of the body, but a moral regeneration of the mind and heart, and a great and radical change in relation to every thing that is truly spiritual.

son eisiomplair dhuinne, ach le umhlachd-sa agus le uil' fhìrinnteachd ionlan, gum biodh aig gach neach a chreideadh ann còir air oighreachd Neamh.

6. Chum sinn bhi air ar n-aiseag gu caoimhneas Dhè a chaill sinn le peacadh, 's fheudar dhuinn cùl chuir r' ar n-uile mhuinghinn fèin, agus ri oibre math sam bith 's urrainn duinn a dheanamh, agus tàmh a ghabhail gu sònruichte agus gu saor air ar Fear-saoruidh, airson maitheanais, slainte, agus gach tabhartas spioradail; air do na beannachdaibh sin bhi geallta do 'n fhior aithreachan, gu sònruicht' trid Creidimh ann-san.

7. Gu bheil an creidimh a tha treoirachadh chum na 'n sochairean do mheas sin, gu h-uireasbhuidheach siolmhor d' a naomhachd cridhe agus beatha, agus is sè beo-thobar nan uil' oibríbh; agus air an aobhar sin, nach 'eil aca-san a tha buanachadh 'am beatha pheacach agus aingidh a leantuinn, ciod air bith a ni iad aidmheil, an creidimh sin a tha 'n soisgeul ag iarruidh, ach amhain aithris eigin chealgach agus mhealltach dheth, nach buannaich dhoibh a bheag.

8. Gu'n coisinn fior chreid'ach còir air uile gheallachan an t-Soisgeuil. Tha còir aig air Iosa Criod a mheas, cha 'n ann amhain mar Fhear-saoruidh pheacach 'an cumantais, ach mar Fhear-saoruidh fèin, a bhàsuich, cha 'n ann amhain airson a chinne-daonna gu h-ionlan, ach

gú h-araidh air a shon fèin; \* agus o 'n àm sin foghlumaidh è sealltuinn air aghaidh gu Neamh, mar a chuibhrionn agus oighreachd chinnte fèin.

9. Nach è amhain gu bheil aig creideas treibh-dhireach 'an teagasgaibh an t-Soisgeuil, rùn gus gach dèagh-bheus agus ghràsan beatha chriosduidh thoirt seachad, ach gur è amhain an rùn a sdiùras sinn gu co-lionadh cothromach a dheanamh air uil' aitheantaibh Dhè, agus a ni ar coimhead gu h-èifeachdach o gheille do bhuir-eachaibh sam bitòm faod sinn a bhi 'n cunnart.

10. Gur è 'n Tighearn ar Dia a ghràdhachadh le 'r n-uile chridhe, agus anam, agus inntinn, agus neart, a cheud aithne agus an aithne mhòr. Gum bu choir dhuinn Easan a ghràdhachadh a chionn gundo ghràdhraighe-san sinne'an toiseach, agus gun robh è gu gràsmhor toileach air aon Mhac a thoirt seachad, gu fulang agus bàsachadh air ar son.—Gun dean an chriosduidh trèibh-dhireach a ta dealbhta leis a gheur-mhothachadh so, urnuigh ri Dia le dùrachd naomha,—a mholadh le taingealachd bheothail,—agus toileachas a ghabhail 'an oibre diomhair agus follaiseach na diadh'achd a rinn è orduchadh.

11. Gur i 'n ath aithne mhòr, ar coimhearsnach a ghràdhachadh mar sinn fèin. Gun gràdhraighe chriosduidh a cho chriosdui'ean, air dhoibh

na h-aon seallaiddh bhi aca,—na h-aon dòchais,—na h-aon tograidh,—na h-aon ghràin do 'n pheacadh, agus an t-aon Fhear-saoruidh ;—agus gun dean miann maith a dheanamh, ullamh è gu ciod air bith bhiodh ri fhaicinn reasgach agus an aghaidh na muinntir sin nach 'eil nan Criosdui'ean a sheachnad ; agus fòs air na h-ul' aobhair à bhi flathail agus comhstadhach, suairce, agus mathasach dhoibh.

12. Gur è creidimh an t-Soisgeuil an gleidheadh is fearr an da chuid an aghaidh soirbheachaidh agus amhghair ; agus gu bheil è ga 'r deanamh comasach air na h-ul' uile thalmhuidh is ro uamhannaich a cheannsachadh, am bàs fèin.

13. Gu bheil sinn '*an soirbheachadh* gu mòr 'an cunnart a bhuaireadh, ann bhi toirt barrachd gràidh do shàimh na th' againn do Dhia.—Gu bheil iadsan gu h-araidh a tha og agus beothail, an uair a tha iad 'an cuisibh sealbhar, agus air an toirt a steach 'an cuideachdaibh eatrom agus gnàthaichte, a' ruith a chunnairt is mò a bhi air an tarruing ann am fàocheag na h-amaideachd, agus an ana-caitheamh, anns a' bheil uile bhrìgh na diadh'achd coslach ri bhi air a slugadh suas. Ach daighnidhidh fior chreidimh an t-Soisgeuil an inntinn an aghaidh a leithid do bhuaireachaidh, agus do 'n fhior Chriosduidh sguiridh iad a bhi nam buaireachan ídir.

14. Gu bheil Creidimh an t-Soisgeul fritheilte

leis an toradh is mò 'beannachadh 'an amhgar.' Ciùinichidh è falachd ; beothaichaidh è toilinn-tinn, agus striochda ; agus is cultaic dhaingéan agus èifeachdach è 'am meadhon gach truaighe d' an urrainn an Criosduidh bhi 'n cunnart. Am bheil an Criosduidh fiorsraichte le tinneas ? róí' bhlais è 'n t-àm anns an teich cràdh agus doilgheas gu bràth air falbh. Am bheil èclaoidechte le bochduinn ? smuainichaidh è air an stòras a shealbhaicheas è air Neamh. Na chaill è caraid ? seallaидh e air adhart ris an àm 's an tachair è ris a risd 'an comunn nan naomli 's nan aingil.—Agus anns gach truaighe, tha è tuig-sinn 's a' creidsinn, " *Gun oibrich na h-uile nithe* " *le cheile airson a mhaith, agus gun oibrich amh-* " *ghar eutrom dha nach 'eil ach rè sealain, trom* " *chuidthrom gloire, a ta ni's ro anabarraich,* " *agus sior-mhaireannach.*" \*

15. Gun caill ain bàs fein 'uamhann 'an cor an fhior chreid'ich.—Gu bheil iadsan a tha laidir sa chreidimh, ann an grad shealladh an deilbh bhàsmhòr a bhi dealachte, comasach air gloir a thoirt do Dhia, agus ag earbs' a eadar-mheadhonaireachd Chriosd, gun eagal *an anmabh* a chuir an lamhan a Chruthai'ear throcairaich sin a ghabh a cheana a steach iad, a dh'fhirinn-ich agus a naomhaich iad.

16. Gu bheil beatha shìth agus aoibhnais,

\* 2 Cor. iv. 17.

agus bàs gairdeachais agus buaidh, crioch nadurail beatha fior Chriosduidh, annta fein, roghnuichte ni's ro mhòr na ni sam bith is urrainn an saoghal so a bhualeachadh, gu neo-eismeallach air luigheachd shiorruidh an luach-shaoi'reach, a th'air a ghealladh do 'n fhior chreid'ach.

17. Nach urrainn duil bhi aig aitim fhann, cuartaichte le mòran bhuaireachan, a bhi beo oscann an t-saoghail, agus comhnuchadh a measg chusbairean neamhuidh, ach le urnuigh dhùrachdach agus ghleidh teach ; ach gum faodar gach beannachadh spioradail sam bith \* fhaotainn o'n Uile-chumhachdach, 'n uair a dh'iarrar iad le dùrachdas agus dian liosdaichd.

18. Gur còir a chur ri urnuigh, meorachadh dichiollach a Bhiobail, Nach leoir a leugh troimhe, ach gum bu choir dha bhi *meoraichte gu curamach*.—Gu bheil mar an ceudna eisteachd ri Ministeirean crabhaich, tric leughadh leabhruichean diadhaidh, agus frithealadh riaghaiteach air reachdan na Diadh'achd, na sfeum mòr dhoibh-san le 'm b'aill leasachadh sealbhar sam bith a dheanamh 'am beatha spioradail.

19. Gur còir a chuir ri meadhona an leth a muigh dìchill na taobh a stigh. Gu bheil am fior Chriosduidh a' deanamh stri ri creidsinn, agus Creideamh beo fhaotainn. Gu bheil è feum-

\* It is not to temporal, but to spiritual blessings, that the real Christian aspires.

ail dha airson a ghnothuich sin, teagaisg na dia-dh'achd a dheanamh nam steigh-theagaig thric a smuainteachaidh. Nach leoир smuaineach orra aig amabh sonruicht', ach a thricead 'sa smuain-ichear orra, bithidh an tuille toileachais air a ghabhail ann am meadhonachadh orra, agus is mò bhios an Criosduidh a rìs air aomadh gu corionn a dheanamh 'nam breitheanachadh.

20. Gur còir do dheisciobluibh Chriosd a thoirt fa'near 'an leithidibh sin do bhreithneachadh, cha 'n è a mhain ciod a rinn am Fear-saoruidh air an son, ach ciod bu chòir dhoibhsan a dheanamh air son am Fear-saoruidh.—Gum bi 'm fior chreid'ach treoraichte o sin chum beatha agus seanachas Chriosd a leugh le mòr chùram, chum gum foghlum è uapa, cia math a dh'fheuch-as è a thaingealachd d'a Shlánui'ear.—Nach bu chòir dail a chuir an aimsir fhrithealaidh a leithid do nithibh neo-chriochnach car-tiota. Na 'n diultadh fear iarruidh na saors' an lamh 'sin a tha, mar gum biodh i sint' a mach gu ghabhail a stigh, faodai si gu luath (cha 'n 'eil fhios aigsa cia cho luath), bhi air a tarruing air ais gu sior-ruidh.—Nach 'eil ni sam bith 'san t-saoghal so, air son am b'fhiach dearmad a dheanamh air a leithid do Fhear-saoruidh, no tair a dheanamh air a thairgsean gràs-mhor.

# LITIR

AIR

## CEUD-THUIS

A'

### CHIREIDIMH CHRIOSDUIDH.

---

SGRIOBHTA GU

BAIN-TIGHEARN OIG, Catriana  
N'IC-NA-CEAIRD.

---

*Ornly Lodge, Oct 1817.*

MO CHATRIANA GHRADHACH,

'S TEARC na nithe thug dhomh tuille toil-eachais na fhuair mi o'n mhodh air na ghabh thus' agus do Bhraithrean's do Pheathraighean, gu riaghailteach ris na teagasgaibh a dh' oirip-ich mi thoirt duibh air teagascg na Diadh'achd. Bithidh an aire dhùrachdach leis an d' eisd thu rium, an deagh-ghne a dh'fheuch thu ann am meas mo chùisibh-se, agus an cridhealas math leis na ghabh thu ni sam bith a labhair mi riut mar achmhasan, cuimhnichte léamsa gu bràth le taingealachd chaomhail. Nochd thu, beagan làithean roimh so, a bhi togarrach gun sgriobh-ainn-se sios brìgh cuid de 'n chainnt sin a bh'

eadarinn, air a ni ro fheumail so ; agus leis an iarrtas so, aontaichaidh mise gu ro umhladh. Cha b'urrainn è teachd o d' thaobhse ach a mhain o dhùrachd thrèibh-dhireach air tuill' eolais ; agus ge d' tha mise fior fhiösreach air mo neo-chomhasachd fhein gu sgrìobh air a leithid do theagasg mar bu toil leam, gidheadh, leis mar is urraim domh a ràdh le firinn, mu 'n do ghlac mi am peann a' m' laimh, gun do ghuidh mi gu dùrachdach an beannachadh neamhuidh air m' oiripean fann, cha 'n 'eil mi gun dochuis gu'n bi iad uile an diomhanas.

Tha thu toirt fa'near gur è aon de m'prhiomh rùin a' sparradh air t-inntinn, le iomad co-riasanachadh agus smuaintean, an uachdaranaachd a th'aig a ni ris an abrar Riaghait Shoisgeulach na Diadh'achd, os-ceann gach seors' eile, agus mar an ceudn' a mhìneachadh dhuit, ciod i 'n riaghait sin. Gheibhear innte mòran theagasan dlùthaichte gu seolta ri chèile, agus ata uile r'am faicinn gu soilleir foillsichte 'san Sgriobtuir.

'S è a cheud aon de 'na teagasgaibh sin, agus bunait chaich uile, truailli'eachd dhomhain agus olcas naduir a chinne-daoine. Cha 'n 'eil an teagasg so, an seadh, tha mi creidisnn, air aich-eadh le neach sam bith ; ach tha na Searmornaichean Soisgeulach 'ga mhìneachadh air mhughadh dòigh anns nach 'eil feadhainn eile a' deanamh. Tha è air a thoirt fainear le sluagh

eile mar ghaoid fhaoin ; — tha è air a chuir' an ceilid leo-san mar neo-ghloin dhomhain ; a' cumail air ais a' chridhe uile o Dhia, a ta ro chiontach, agus gu h-iomlan neo-leith-sgeulach na lathair. Tha'n duine co sad air aghaidh 'an staid naduir o Dhia ghràdbachadh os-ceann nan uile nithe, 's gur ainmig ni sam bith nach roghnaiche leis na Dia. Do'n aireamh is mò de'n t-saoghal, ciod an dleasnas is fadalaiche leo na urnuigh ? Ciod an là is sgìthiche na là na Sabaid ? Ciod an ùine co fada ris an ùine sin a tha ga caithe' san tigh-aoraidh ? Ciod na leabhraichean is neo-fheumaile na iad sin a ta seanachas m'a Dhiadbachd ?

Os-barr air an-fhuath agus air an easumhlachd so do'n chleachda chrabhach, no 'm briathran eile, do gach seorsa co-roinn ri Dia, tha, 'san duine pheacach, spiorad easumhlachd, agus ar-amach an aghaidh a Chruthaïear. Tha è fior gu bheil iomad neach de'n tha ainmichte an so, a' co'-lionadh iomadh dleasnais mhodhannail, agus co fada toirt geill d'a aithntean : ach cha'n 'eil iad a' toirt geill doibh, a chionn gur iad 'aithntean-sa. 'An labhairt gu coitchionn, tha aobhar eigin do chùram, toileachadh, no diomhanas, do fhein luidheachd, do aon seorsa no seors' eile, gu diomhair ga'n aomadh ; no ma tha iad a' dioladh urram sam bith do Dhia idir, 's è eagal a chorruich a tha 'ga dheanamh. Cha'n 'eil iad a' toirt geill o mbiann ionraic dleas-

nach na thoileachadh, ach o uamhas cùmhachd,  
 a ta fios aca nach gabh cuir an aghaidh. A  
 shamhuil sin tha'n duine thaobh naduir, gun  
 chunnal sam bith. Faodaidh an cionnta so bhí  
 air a thoirt an aghaidh nan ciatach 's nam modl-  
 annail, co math 's an aghaidh nan droch-  
 mhuinteach 's na mi-naomha. Ni h-eadh, ach  
 na Criosduidhean is ro ainmeile, ge nach è so an  
 cliù ni 's fhaide, ni iad gu h-úllamh aideacha  
 gu'm b' è an cor roimh so. 'S urrainn doibh  
 uile an t-àm a chui'neachadh 'n uair a bha iad  
 gu freagarrach anns an staid a chaidh chuir sios  
 an so. A nis o 'n a rinn Dia gu minic innseadh  
 'san Sgrioptair, nach eeadach è air chor sam-  
 bith na fhianuis, iadsan a tha mar so air teich-  
 eadh uaith, uime sin leanaidh è, ma chaitheas  
 sinn ar beatha agus ma bhàsuicheas sinn 'san  
 staid so, gur fheudar dhuinn dol am mugha gu  
 siorruidh; no, briathran an Fhir-shaoruidh fein  
 a ghnathachadh, “*Mur beirear duine a ris, nach*  
*“fhaod e rioghachd Dhe fhaicinn.”*\* Tha am  
 mùghadh a ta ar Fear-saoruidh a' ciallachadh 's  
 na briathraibh sin, air a chuir an ceill sa Bhio-  
 bal, fo mhòran shamhlachan agus ghnàth-shoc-  
 al, mar a ta “*A bhi ath-nuadhaichte,† agus*  
*naomhaichte; ‡ bhi uchdmhacaichte do Theaghlaich*  
*Dhe;* §—gun bhi ni's fhaide fo'n lagh, ach fo

\* Eoin, iii. 3.      † 2 Cor. iv. 16; Ephes. iv. 23;  
 Colos. iii. 10.      ‡ 1 Cor. i. 2; vi. 11; Rom. xv. 16.  
 § Rom. viii. 15; Galat. iv. 5, 6; Ephes. i. 5.

*ghras,\* dol thairis o bhàs gu beatha,† &c. &c; ” agus tha Pol gu soilleir ag ràdh, “ Ma tha “ neach sam bith ann an Criosd, gur creutair “ nuadh è;—chaidh na seann nithe seachad, feuch, “ rinneadh na h-uile nithe nuadh,” ‡ a tha gu soilleir a' ciallachadh, nach è a mhain gur fheudar d'an mhùghadh bhi mòr, ach gur eigin da bhi coitchionn, “ Gum feum na h-uile nithe cinntinn nuadh.”*

’S è brigh na cuid eile de’n Litir so, a chuir an ceil co soilleir agus phongail ’s as urrainn mi, ciod is ciall d'an chaochladh so. Gun deòn-aiche Dia gun tuig thusa, mo Chatriana ghrádhach, agus gach aon d'an Teaghlach d'am buin sinne, lé fein-fhiosrachadh, ciod a tha è ciallachadh; oir ’s fheudar dhomh a chuimhneachadh dhuit, mar bi a leithid do mhughadh air a dheanamh oirne gu leir, aig àm eigin d'ar beatha, tha sinn dearbh chinnte leis an Fhear-shaoruidh fein, “ Nach fhaod sinn Rioghachd Dhe fhaicinn.” §

Ann an cuir a mhughadh so an ceil, ’s è a cheud ni a dh'ainmicheas mi, gun cinn gach fior Iompachan, ni ’s ro mhothachaile air fheum air Fear-saoruidh, na bha è riamh róimhe. Ge d' tha na h-uile neach ullamh gu aideachadh iad fein a bhi nam peacaich, gidheadh cha'n 'eil.

\* Rops. vi. 14.

† Eoin, v. 24; 1 Eoin, iii. 14.

‡ & Cor. v. 17.

§ Eoin, iii. 3.

iadsan a tha 'n staid naduir mothachail gu h-iomlan air a' ni ris an dubhaint Pol “*aingidh-eachd mhòr a pheacaidh*,”\* ach tha gràs neamhuidh a' fosgladh ar suilean-ne 'san urram sin, a' feuchainn duinn ar truillieachd dhomhain, ga'r n-irioslach 'san duslach, airson ar n-iomadaidh eusontais, agus ga'r co'-èigneachadh chum aideachadh, gu bheil ceartas 'sa bhinne tha ga'r diteadh gu peanas siorruidh. Oir dhoibhsan aig a' bheil an suilean air am fosgladh mar so, a dh' fhaicinn an ciont' agus an cunnairt, cinnidh an Soisgeul na fhuaim aoibhneach, agus tha 'm Fearshaoruidh gun amhuras luachinhor. 'S urrainn doibh brigh focail Phoil a thuigsinn, ag radh,

“*Gu bheil è meas na h-uile nithe 'nan calldaich*,  
 “*chum gun coisinn è Criod*, agus gum faighear  
 “*ann-san è*; gun fhìreantachd fein aige, a ta o'n  
 “*lagh, ach an fhìreantachd a ta tre chreidimh*  
 “*ann-san.*”† 'An àite am fiunnaireachd agus an dearmad m' a Dhiadh'achd roimhe so, 's aoibhneach leo a bhi leughadh mu'n Fhearsaoruidh, a bhi smuaineachadh air-san; a bhi 'g eisteachd ris na Searmainean sin d'an aobhar è;—agus 's è an ard thogradh agus miann is mò dùrachd an cridheachan, gum biodh iad ceadaichte air tuill' eolais, agus co-chordadh ion-mhuinn a dheanamh ris.

Agus an so bheirinn fa'near ni araidh 'san

\* Rom. v. 13.

† Philip. iii. 8, 9.

Riaghait Shoisgeulaich, a bha minichte gu math le Mr Gandy, \* 'an aon d'a Shearmainibh, agus a chuala mi gu tric ainmichte le Olladh Bochannain, † agus le Searmainaichean eile d'a sheorsa. Tha mi ciallachadh, eadar-dhealachadh fìreantachd ar Fear-saoruidh 'an gniomh agus 'an irioslachd. A bhàs agus fhulangas o ni ris an canar 'umhlachd irosal. Leo-san rinn è rèite airson ar peaca-né; ach tla fios agad nach è a mhain gun bhàsuich ar Tighearn am feadh a bha è air an talamh, 's gun d'fhuiling è roimh a bhàs mòran craidh, ach gun chaith è a bheatha gu ro chliù-thoilltinneach, cho-lion è gach uil' fhireantachd, agus ghnàthaich è gach deagh-bheus, 'nan uile ghloinead agus fhatsuingeachd. A nis dh' innseadh searmonaiche modhannail dhuit, gun d'rinn è so, a mhain, chum gum fagadh è eisiom-plair dhuinne a cheumnan a léantuinn; agus gun teagamh, b' è so aon chrioch a bh' aige sañ amharc, ach cha b' i a chrioch shònruichte, nò araidh. Tha na Sgriobtuirean ag innseadh dhuinn, "gun d' rinn e umhlachd air ar son; † "gun do cho-lion è gach uil' fhireantachd 'n ar "ionad; gun do mheasadh fhireantachd dhu- "inn; § agus trid umhlachd-sa gu bheil mòran "air an deanamh 'n am fìreanaibh." || 'S fheu-

\* Vicar of Kingston.

† One of the Ministers of the Canongate, Edinburgh; in whose Sermons, as well as those of Mr Gandy, the Writer of this Letter took a peculiar delight. ‡ Rom. v. 19. § Rom. iv. 11. || Rom. v. 19.

dar dhuinn ma ta creidsinn, cha 'n è a mhain gu bheil sinn 'n ar peacaich, agus 'am feum air fhuilsa gu reite dheanamh airson ar cionnta, agus gu'r saoradh o ifrinn ; ach gu bheil sinn co-ionann 'am feum air fhìreantachd, chum coir fhaotainn air Neamh ; nach urrainn duinn gu brath luach-sao'ireach sam bith a thagradh airson ar n-umhlachd fhaillneach fèin, *ach gu sòn-ruicht' a thaobh fhìreantachd uil' iomlan-se.*

Am bheil sinn ma ta mothachail gu bheil sinn 'nar peacaich ? Smuainicheamaid air ful Iosa, agus creideamaid, “*gun glan i sinn o gach uile pheacadh.*” \* Am bheil sinn, air an laimh eile, a' cumhadh nan iomad uireasbhui'ean a tha frithealadh ar deanadais is fearr ? Am bheil sinn iomagaineach nach urrainn leithid ar n-umhlachd neo-iomlan-ne, bhi 'm feasd taitneach do Dhia ? Smuainicheamaid, air-san, a cho'-lion gu h-iomlan gach uil' fhìreantachd, agus creideamaid, *gu measar fhìreantachd dhuinn*, ma tha sinn a mhain gu trèibh-dhireach toileach gum biodh è mar sin. Tha mi ciallachadh, ma tha sinn *gu trèibh-dhireach*, agus o'n chridhe, a' cuir cul r'ar n-uile mhuinghinn fèin, agus ris gach nimath a rinn sinn riabh, no 's urrainn duinn a dheanamh 'san am ri teachd, agus ag earbsa gu sòn-ruicht' agus gu h-iomlan as an Tighearn Iosa, air son maitheanais, saorsa, agus gach beannach-

\* 1 Eoin, i. 7.

adh spioradail. Creid mise, is cùis so nach 'eil furasd. 'Si so a' charraig air a bheil a' chuid is mò d'a shliochd Adhamh a' sgoltadh 'sa fulang long-bhriseadh. 'S è gun amhuras an ni dh-ionnsuidh nach 'eil a h-aon air an toirt; ach le teagastg eifeachdach an Spioraid Naoimh; oir gë d' a tha è furasd 'am briathra, cùl a chur r'ar fein earbsa, gidheadh, 's è sinn a mhothachadh 'n ar cridheachan cia caillt agus sgriosta, cia cionntach agus truailt a tha sinn, agus cia neo-h omasach, dhinn feinn, air ni sam bith a dhean-amh a tha fior mhath, a mhain smuain mhath a' smuaineachadh; agus 'sa cheart am a mhothachadh am muinghinn soilleir agus an earbsa dha-ingean sin as an Fhear-shaoruidh a tha 'm Biobal ag iarruidh, aon de na dreuchdan is cruaidhie chaidh riamh a shònruachadh do 'n duine pheacach. Tha è co sad an aghaidh 'ardain, agus an aghaidh a smuainte nadurail; agus gu déimhin is dreuchd è a ta co ro chruaidh, 's gum faoda sinn a bhi fo mhi-mhisnich nach b'urrainn duinn a bhi comasach air a cho-lionadh gu siorruidh, mar biodh è airson gealladh a chuideacha neamh-uidh.

Chaidh innseadh dhuinn gur è creideamh tabhartas Dhe—chà gliabh so 'g ràdh gu math ri Creideamh eachdrui'ail; ach a thaobh a Chreidimh a bha mi a' cuir an ceil, tha è gun mhealachd fior, gur è Dia a mhain is urrainn a bhuil-eachadh. Tha aomadh an duine pheacaich gu

Fein-earbsa, co ro laidir's nach urrainn ni is lugha na neart an Uile-chumhachdaich gu h-ionlan cuir as da. Guidheamaid mata, air Dia an Creidimh so, le asluinchibh dùrachdach agus bidheanta ; coslach ris a' bhanntraich liòsda, na d'thugamaid, sin ri ràdh, tàmh dha, gus am builich è oirn am beannachadh do-mheas so. Ma buannaicheas sinn è *tha sinn sabhailte o'n mhionaid sin*, co sabhailte is ge d' bhiomaid gu cinnteach air Neamh.—“*An ti a chreideas annam-sa,*” ars am Fear-saoruidh, “*tha bheatha mhair-eannach aige.*”\*—Thoir aire do'n t-seanachas ; —cha'n è gum bi i aige ach gu bheil i aige cheana ; gu bheil è co ciunteach aisde riusan a tha nis ga sealbhachadh. O'n mhionaid 'sa bheil sinn mar so a' creidsinn, tha fireantachd Chriosd air a meas dhuinn, *agus mar so fireanaicheadh sinn as eug'ais oibre* ; † agus nan toilicheadh Dia ar toirt gu h-ealamh bharr an t-saoghail so, an deigh dhuinn an creidimh luachmhor so fhaotainn, m'am biodh è 'n ar comas obair mhath sam bith

\* Eoin iii. 36 ; agus vi. 47.

† Rom. iv. 6. It is proper here to explain, what seems to be the Author's doctrines, regarding that important point, the union of faith and good works. Real faith is sufficient without works, where there is no opportunity, from sudden death, to perform any ; but if there is an opportunity, and if that opportunity is neglected, it is an evident sign that it is not the faith of the "Gospel," *But a false and spurious imitation of it, with which the ungodly amuse and deceive themselves.*" See p. 29.—Editor.

a dheanamh, mar a bha cor a mhearlaich air a' chrann-cheusaidh, amhuil sin bhiomaid gu grad maille r'ar Fear-saoruidh ann am Pharras.

Ach 'an so, theagamh, gum feoraich cuid-eigin, nach teagasg neo-mheasarradh so? Nach bi creid'ich brosnuichte leis an dearbhadh so a bhi *fireanach as eug'ais oibre*,\* gu buanachadh'sa pheacadh? Freagaiream nach bi. Cha'n urrainn fior chreid'ich buanachadh'sa pheacadh, a chionn gun *d'fhoillsich Dia nach buanaicheadh iad ann*.† Esan a dh'fhirinnicheas iad, *naomhaichaidh sè iad mar an ceudna*.‡ Esan a rinn an duine air tùs a reir iomhaigh fein, 's urrainn, agus ni. è creid'ich ath-nuadhachadh a reir an iomhaigh cheudna. Chaidh innseadh dhuinn san Sgrioptuir, “*Gun roimh-orduich Dia a shluagh chum bhi co-chosmhuil ri dealbh a Mhic.*”§ Gheall è, “*a lagh a sgriobhadh air an cridheachan, agus a reachd air an taobh a stigh;*||—*an cridheachan cruaidh cloiche a thoirt uapa, agus cridhe feola thoirt doibh;*¶ *an aomadh gu gluasad 'n a reachdaibh,*\*\* *agus an cridheachan a lùbadh gu theisteis;* †† *an toil agus an gniomh oibreachadh annta faraon a reir a dheagh-ghean fein.*”‡‡ Tha fios agad gu bheil cridheachan dhaoine 'an lamhan Dhe; “*mar*

\* Rom iv. 6. (See note p. 27.) † Rom. vi. 14.

‡ 1 Cor. vi. 11. § Rom. viii. 29. || Jer. xxxi. 33.

¶ Esec. xi. 19. \*\* Esec. xxxvi. 27. †† Deut. vi. 17;

Salm, cxix. 36. ‡‡ Philip. ii. 13.

“ shruthaibh uisgeacha tionndaidh è iad ge b’ è  
 “ taobh is àill leis.”\* Uime sin ma gheall è cri-  
 dheachan nan creid’each atharrach, co no ciod a  
 bhacadh è o’n mhughadh so thoirt gu crich?  
 “ An duine Dia gun deanadh è breug, no mac  
 “ duine gun gabhadh è aithreachas? An dubh-  
 “ airt è agus nach dean è? Agus an do labhair  
 “ è, agus nach co-lion sè è?”† Tha è fior da  
 rìreadh gu bheil cuid-eigin a tha cuir ’am fiach-  
 aibh creidimh bhi ac’, agus a tha gan saoilsinn fein  
 nan creid’ich, agus gidheadh a ta buanachadli ’am  
 beatha pheacach agus aingidh a leantuinn; ach  
 cha ’n è ’n creidimh-sa creidimh an t-Soisgeil.  
 M’ a fhior chreidimh chaidh innse’ dhuinn, “ Gu  
 “ bheil è glanadh a chridhe;‡—ag oibreachadh  
 “ tre ghràdh; §—agus a’ toirt buaidh air an t-  
 “ saoghal;” ¶ agus ciod air bith nach ’eil tarbh-  
 ach de na nithe sin, cha ’n fhior chreidimh è,  
 ach amhain aithris eigin chealgach agus mheallta  
 dheth, leis a bheil an sluagh mi-dhiadhaidh ga  
 mealladh ’s gan toileachadh fein. ’Am firinn,  
 tha ’m fhior chreid’each a’ sealltuinn ri Ios’ air-  
 son naomhachd, co math ’s airson fìreantachd.  
 ’S fhuathach leis am peacadh, ’s fhada leis gus  
 am bi è air a shaoradh uaith, agus cha mheas-  
 adh è ni sam bith cliù-thoilltinneach air ainm  
 slainte; nach do dhruid saorsa o chumhachd

\* Gnath. xxi. 1.

† Air. xxiii. 19.

‡ Gniomh, xv. 9.

§ Gal. v. 6.

¶ 1 Eoin, v. 4.

agus ceannas, co math 's o chionnt' agus peanas a pheacaidh.

Agus an so bheirinn fa'near, gu bheil aig creideas 'an teagasgaibh an t-Soisgeuil ann fèin, oirip chum gach uile dheagh-bhèusan agus ghràsan na beatha Chriosduidh a mheudachadh 'sa chridhe. Gidheadh, mu'n d'theid mi air m' aghaidh gus an roinn so a dhearbhadh, soilleirichidh mi beagan chomharran, a dh'fhaodas a bhi feumail gu cunnul a mhìneachadh, agus mearachdan a bhacadh air an teagasg.

Ach air tus, cuimhicheam dhuit, gur obair a chuid a chuid naomhachadh. Cha 'n 'eil am mùghadh a tha mi cuir an ceil, o pheaca gu naomhachd, o ghràdh an t-saoghal gu gràdh Dhe, gu h-obann, “*ach coslach ri solus na man duinn, a dheatruicheas ni's mò agus ni's mò gu ruig an latha iomlan.*”\* Tha Criosduidh daighnichte, ag eadar-dhealachadh 'an iomad umhlachd o Iompachan òg, agus a' labhairt gu cumanta, cha 'n 'eil an t-eadar-dhealachadh sin 'an umhlachd sam bith ni 's fhaicinnaich, na 'n am mothachadh agus 'n am fèin-fhiosrachadh a thaobh tlachd na Diadhachd.

Tha Iompachan òg gu minig cuartichte le teagamhan, iomaguinean, agus eagail. Tha è mothachadh 's a tuigsinn è-fein a bhi na pheacach; tha è irioslaichte le mothachadh a chionnt'

\* Gnath, iv. 18.

agus a laigsinn fèin ; agus cha d'fhoghlum è fathast gairdeachas a dheanamh ann an Iosa Criod, agus eallach a pheacanna uile a thilgeadh airsan. Ach, uigh air n-uigh, tha tuille soluis pairtichte r' a inntinn ;—tha è toirt fa'near cia mar is urrainn Dia bhi firinneach, agus fos fear-fireannachaiddh na ti a chreideas ann an Iosa ;—tha e gabhail uile gheallachan an t-Soisgeuil d'a ionnsuidh fèin ;—tha è sealltuinn ri Iosa, cha 'n ann amhain mar Fhear-saoruidh pheacach, ach mar *Fhear-saoruidh fein* ; agus tha è creidsinn nach è amhain gun do bhàsuich è airson a chinne-daonna 'an cumantas, ach *air a shon fein gu sònruichte* ;—agus mar so foghlumaidd e coimhead air adhart ri Neamh, mar “*a chuibhrionn agus oighreachd chinnte fein*,” cha 'n ann airson oibre firinneach sam bith a rinn e-san, ach gu h-àraidh a chionn gu bheil è dlu-cheangailte *le creidimh* ris an Fhear-shaoruidh uil-fhoghainteach.\*

Math dh'fhaoidte gun innis cuid èigin duit, nach 'eil so freagarrach do dh'irioslachd ; ach tha iad a' mearachdach naduir *irioslachd Chrios-duidh* ; ni nach è a bhi creidsinn *gu bheil sinn a' dol a dh'ifrinn*, ach gu bheil sinn a' toilltinn dol

\* This is the doctrine so properly alluded to in the communication, Appendix, No VIII. as one likely to be peculiarly useful, from its having a tendency “to build up the drooping spirit of the fearful believer.”

an sin. Co bha riamh ni b' iriosal na bha 'n t-Abostal Pol? Tha è ga mhì-chliuthachadh fèin anns gach duilleig de sgriobhadh; gidheadh tha è labhairt mu shlainte fein le mòr dhànochd; agus a' nochda toil a bhi “air choigrich as a’ “choluinn chum gu ’m biodh è a lathair maille “ris an Tighearn;”\*—ag ràdh, “Gun robh è “tegarrach air siubhal agus bhi maille ri Criod, “ni ’s ro fhearr;”†—agus, “Air dhasan bhi “beo gum b' è sin Criod, agus gur buannachd dhà “bàs fhaotainn;”‡—agus tha è cur an ceil Chriosdui'ean 'am bidheantas, mar iadsan “a “tha deanamh gairdeachas ann an Iosa Criod, “agus nach 'eil a' cur muinghinn 's an fheoil, no “annfa fein,”§—a' feuchainn gu soilleir nach 'eil an da m:hothachadh sin air chor sam bith-neo-flreagarrach da cheile.—Faodaidh cionntach a chreidsinn gu bheil è fein toillt'neach air a bhàs, gidheadh ma gheibh è maitheanas, cha 'n 'eil eagal bàis air ni 's fhaide;—mar so tha è leis na Criosdui'ean, tha iad a' creidsinn gu 'm faigh iad maitheanas air sgàth Chriosd.

Tha è fior da rireadh, mar thug mi fa'near roimhe so, nach 'eil Iompachain og daonnan a' sealltuinn air nithe 'san t-solus so, oir, an labhairt gu coitchionn, 's è creideamh a' ni gheibhear uigh air n-uigh.—Tha è fior mar an ceudna gum-

\* 2 Cor. v. 8.

‡ Philip. i. 21.

+ Philip. i. 23.

§ Philip. iii. 3.

faod bhi aig Criosdui'ean daighnichte amanna cruaidh-chàis agus mulaid ; ach 's ann a thaobh laigsinn an creidimh tha so, agus 's iad sin an amanna is measa.—Faodaidh mar an ceudna, iomad gnothach mar tha èucailean agus euslain-tean eile, buaireachian, agus dosguinnean da dh' iomadh gnè, spioraid nan Criosdui'ean irioslach. Ach air son nan cunnuil sin deth, airson am bu choir mathalachd a dheanamh, tha è gu h-iomlan fior, gu bheil spiorad an t-Soisgeil, na spiorad dochuis, sìth, agus aoibhneis, agus nach è a mhain gu bheil “ *clann Shioin* iriosal, ach “ *aoibhneach 'nan Righ.*”\*—A nis ciod è toradh an aoibhneis Chriosduidh so?

Tha Eoin ag innse' dhuinn, “ *Gu'n glan gach “ neach è fein aig a' bheil an dochas so ann, mar “ a tha Criosd glan ; †* agus theid mi air m' aghaidh gu dhearbhadh dhuit, nach è amhain gu'n lion dochas an t-Soisgeil an inntinn, “ *Le sith “ a ta thar gach uile thugse, ‡* ach gur è is fearr de gach uile ghleidheadh an aghaidh buaireadh, agus gu bheil è gu h-ainmeil siolmhor de gach-facal agus obair mhath. “ *Tha fios agad gur è “ 'n Tighearn' ar Dia a ghràdhachadh le'r n-uile “ chridhe, agus anam, agus neart, agus inntinn,*” § a cheud aithne agus an aithne mhòr ; ach cia mar is urrainn duinn Dia a ghràdhachadh, ma tha sinn a' creidsinn, no neo-chinnteach gur

\* Salm, exlix. 2.    † 1 Eoin, iii. 3.    ‡ Philip. iv. 7.

§ Deut. vi. 6.; Mat. xxii. 37.

nàmhuid dhuinn è?—“*Tha gràdh againne dhà-san,*” (ars Eoin,) “*do bhrigh gun do ghràdh-aich e-san sinne an toiseach.*”\* Iadsan a tha coimhead air Dia mar an Athair ath-reitichte tre Iosa Criosd ; a tha creidsinn gu bheil è ga ’n gràdhachadh le gràdh bith-bhuan, a mhaireas gu siorruidh :—gun aom è “*Na h-uile nithe gu oibreachadh araon chum a math,*” † san t-saoghal so, agus os-barr gun ceadaich è dhoibh teachd ’na làthaireachd mhòr àoibhnich fein, cha ’n ann airson oibre fireantach sam bith a rinn iadsan, ach gu sònruichte do bhrigh gu’n robh è gu gràsmhor toileach air a Mhac fèin a thoirt seachad gu fulang agus bàsachadh air an son :— Iadsan a tha gu daingean a’ creidsinn so uile, gheibh iad furasd Dia a ghràdhachadh, ni h-eadh ach neo-chomasach gun a ghradhachadh. Thaislicheadh a leithid do shochairean direach eridhe cloiche, agus dh’ atharraicheadh iad è gu eridhe feola ; agus gabhaidh iadsan a tha gràdhachadh Dhè mar so, fior thlachd ’na reachdaibh, ‡ agus ann an oibre diomhair agus follaiseach na

\* 1 Eoin, iv. 19.      † Rom. viii. 28.

‡ As the great objects of this Letter were “*to explain the doctrines of the gospel, and to impress them upon the mind of the person to whom the Letter was addressed,*” (see page 49.) the author was not led to dwell at greater length, on attending the Sacrament ; an ordinance which she held in the greatest reverence, and of which she frequently cordially partook.—Editor.

diadh'achd. Tha iad ag urnuigh ris le fior dhùrachd ;—ga mholadh le fior thaingealachd ; tha iad aoibhneach an uair a theirear riù, “ *Racha maid suas gu tigh Dhè* ; †—*a dh'ionnsuidh Dhè ar n-aoibhneas ro mhòr.*” ‡

Cha 'n 'eil mi gabhail mòran iongantais, gu bheil sluagh an t-saoghal so a' faotainn oibre na diadhachd co sgìth. Cha 'n 'eil iad a' toirt a bheag do shanus dhoibh-san ach doilleir, no aig a chuid is fearr, smuainte neo-tharbhach ; ach do 'n Chriosduidh, tha iad a' toirt seallachan, nach 'eil a mhain mòralach agus tarbhach, ach atharraichte agus sòlasach, ni h-eadh, ach air uairibh 'n uair a tha è air a dheanamh comasach le spiorad Dhè, teachd am fagus le lan dearbhadh a chreidimh, no 'n uair a tha è 'geisteachd ri Searmoin dheas chainnteach o Shearmonaiche Soisgeulach, tha è gu h-inbh bhig a' mothachadh mar gu 'm biodh è a cheana air atharrachadh d' an Neamh sin, ris a' bheil a smuainte gu cleachdach a' feitheamh.

Tha mi toirt aire ni 's faide, gum feum bhi aig creideas 's an riaghait theagaisg so, tuille rùin soilleir, gu gràdh Chriosd chur air aghaidh annainn. Gu cinnteach iadsan a ta ~~creidsinn~~ gur è 'm *Fear-saoruidh fèin*, 's gun do bhàsuich è *air an son*, mothachidh iad tuille gràidh agus taingealachd d' a thaobh na iadsan a tha a mhain.

† Isa. ii. 3.

‡ Salm xliii. 4.

a' coinhead air mar Fhear-saoruidh pheacach 'an cumantas. 'S urrainn iad cainnt an Abostail Pheadair a roghnachadh, agus labhairt gu h-aoibhneach mu 'n Fhear-shaoruidh, mar airsan, “*Da 'm bheil iad a' toirt gràidh ge nach fhac' iad è, agus air dhoibh bhi creidsinn ann, ge nach 'eil iad a nis ga fhaicinn, tha iad a' deanamh gairdeachais le h-aoibhneas dol thar labhairt, agus lan do ghlòir;*”\* agus tha 'n gradh so do Chriosd, a' meudachadh 'n an anamaibh gràdh co-lionta agus caoimhneil airson an co-chreutairean. Mar tha 'n t-Iosa beannuicht' a nis air Neamh, agus iadsan air an talamh, cha'n urrainn doibh 'nam pearsadh dearbhadh sam bith a thoirt da air an taingealachd chaoimhneil; ach 's urrainn iad à ni sin a dheanamh tha fios ac', a tha, na Bharail-sa, co-ionann. 'S dachadh leam gur cuimhne leat briathran maiseach agus drùigheach ar Slanuir-ear urramach : “*A mheud 's gun d'rinn sibh è do dh-aon de na braithribh is lugha agamsa, rinn sibh dhomhsa è.*”† Tha na focail sin a' deanamh drùghadh laidir air gach fior Chriosduidh. 'N uair a dh' amhairceas è air cusbair 'an teinn a ta na chomas a chuideachadh, tha è gabhail a chothrom air a thaingealachd fheuchainn dhasan, “*A bhàsuich airson a chiontaidh, agus a thogadh suas a rìs airson 'fhireanachaidh.*”‡

\* 1 Pead. i. 8. † Mat. xxv. 40. ‡ Rom. iv. 25.

Bheachdaichinn ni b' fhaide, gum faod an cinne-daonna uile bhi roinnte nan da bhuidheann :—Iadsan a tha nan Criosdui'ean, agus iadsan nach 'eil. A nis cha 'n fhaigh an Criosduidh a bheag do chruaidh-chas ann an gràdh a thoirt d'a cho'-Chriosdui'ean, do bhrigh gu bheil na h-aon seallaith aca, na h-aon dochuis, na h-aon tograith, na h-aon eagail, na h-aon ghràin, agus an t-aon Fhear-saoruidh. Cha 'n urrainn do cho'-mhothachadh co foirfe failinneachadh gun ghràdh agus miagh a mhosgladh ; agus a thaobh na h-aitim sin nach 'eil nan Criosdui'ean, ge nach 'eil creid'each ga'n gràdhachadh air amhodh air an gràdhaich è a bhraithrean, tha mi a' ciallachadh, nach 'eil è gabhail tlachd 'n an columnn ; agus nach urrainn è dlùthachadh r' an caomhalachd agus r' an smuainte, ach tha è coimhead orra leis an iochd is trèibhdhirich, agus le toil chìramach an sochairean spioradail a chur air aghaidh. Do bhrigh gur eol da, le fèin-fhiosrachadh, lan fhiach a' mhughaidh a chaidh thairis air anam fèin, tha è deonach an t-ard-shonas sin a phairteachadh ris gach neach mu thimchioll ; agus a chionn gu bheil è gràdhachadh Fhear-saoruidh gu fior, tha è curamach mu aireamh a shluaign a mheudachadh. Tha 'n togradh so gu math a dheanamh ga bhrosnuchadh gu ciod air bith bhiodh ri fhacinn dalma agus an comas iomain air ais a sheachnadhl, agus a bhi suairce agus comhstadhach,

caoimhneil agus fiughantach, direach dhoibhsan do nach urrainn è bhi measail, an dochas, leis na meadhona sin gun coisinn è slighe gu 'n cridheachan, agus gum faod è fàs na impidh urramaich chum an slainte shiorruidh chur air aghaidh.

Mar so thug mi oidhrip a dhearbhadh, tha mi 'n dochas gu d' lan-thoileachadh, gu bheil aig Riaghait Shoisgeulaich na Diadhachd an cathachadh is soilleire 's as cumhachdaiche gu gràdh Dhè agus ar coimhearsnaich a chur air aghaidh ann ar cridheachibh; agus ma dhearbh mi so, dhearbh mi na h-uile ni; oir, mar a thug ar Fear-saoruidh fainear, “*Air an dà aithne sin tha 'n lagh uile agus na Faidhean an crochadh;*” \* sin r' a-ràdh, gun co-lion iadsan a tha gràdhachadh gu fior araon Dia agus an coimhairsnach na h-uile dleasnais eugsamhuil a tha mar fhiachaibh orra dhoibh le cheile.

Cha'n urrainn mi gidheadh an earrann so de m' theagascg a chuibh teachadh as eug'ais aon fhair eachadh eile a dheanamh, is è sin, gur è Creidimh an t-Soisgeil ar gleidheadh is fearr an da chuid an aghaidh liontaидh soirbheachaidh agus amghair: agus cuis a tha romham a mhìneachadh aig fad èigin.

A' tòiseachadh ma ta le Soirbheachadh. 'Se 'n t-ard ghàbhadh a tha frithealadh na staid sin

\* Mat. xxii. 40.

+ 2. Tim. iii. 4.

gu bheil i gu neart-mhòr ga 'r cuir 'an cunnart a bhuaireadh a bhi toirt “*barr gràidh do shaimh “ na th' againn do Dha* ;”\* agus tha 'n cunnart so gu mòr air meudachadh, 'n uair a tha iad sin, aig a' bheil an cùisean a muigh uile sealbhar, a tha mar an ceudna og agus beothail, agus a chaidh thoirt a steach ann an cuideachdaibh uallach agus cleachdach. Faodar a ràdh ri 'n leithid do shluagh gu bheil iad nan seasamh air creagan corrach. Tha iad a' ruith a chunnairt is mó a bhi air an tarruing ann am faocheag na h-amaideachd agus an ana-caitheadh, anns a' bheil uile bhrìgh na Diadhachd coslach ri bhi air a slugadh suas. Ach cha 'n è a mhain gun daigh-nich Creideamh an t-Soisgeil, (an Creideamh sin a bha mi cuir an ceil,) an inntinn an aghaidh a leithid do bhuaireachaibh, ach dh'fhaod-ann a ràdh gu h-inbh bhig gun sguir iad do bhi nam buaireachaibh idir do'n fhior chreid-each. Faoineachd de Chriosduidh ainmeil a tha deanamh aoibhneas 'n a Fhear-saoruidh, am biodh è tòileach air sgur de na beachd-smuainte sòlasach sin, rè sealan, chum gun rachadh è gu cluiche, no gu coisridh dhamhsaidh no gun leughadh è roiseal ? agus ghabhadh è ioghnadh ris a' cheist. Cha 'n è amhain gu bheil è a' coimhead air na fearas-chuideachdaibh sin mar dhiomhanas agus mar ribeadh ; cha 'n e amhain gu bheil

\* 2. Tim. iii. 4.

fios aig gu bheil iad ullamh gus an cridhe a thàladh air falbh o Dhia, gu chur as a riaghait airson gnathaichibh na diadhachd, agus gu thar-ruing air ais, mar gum b' ann, do'n t-saoghal sin o'n d'fhuaire è teicheadh leis na h-uiread thrioblaid ; cha 'n è a mhàin gu bheil è ga 'n seachnad air son na nithe sin. Ach 's urrainn è ràdh le fìrinn, gun do chaill è a thaitneachd uile air an son, anns a' cheart doigh 's a bheil thus a nis, 'n uair a dh'fhas thu suas, ehaill thu do thaitneachd air son amaideachd agus cridheal-as cloinne. Tha è fior da ríreadh gum faod Criosduidh a bhi suidhichte, air chor 's gum feum è comunn a dheanamh ri cuipeachdáibh eatrom, agus tuille dlùthachadh a dheanamh ri sùgradh diomhain na bu mhiann leis, ach an uair a tha a chùis mar sin, theid è a steach annta le fior neo-thoileach, agus grad theichidh è uapa gu h-aoibhneach co luath 's is urrainn è.

Gidheadh bu choir dhomh innse', gu h-aràidh ann an sgriobhadh gu neach og mar thusa, gu bheil am mughadh so, o ghràdh air sàimh, gu gràdh Dhe, gu gnàthaichte uigh air n-uigh; agus nach buannaich Iompachañ og 'an labhairt gu coitchionn a leithid do bhuaidh iomlan thair an t-saoghal a dh'aon bheum.

Theid mi a nis air m' aghaidh gu dhearbadh, nach è amhain gur è Creidimh an t-soisgeuil an gleidheadh is fèarr an aghaidh liontaiddh soir-bheachaidh, ach gu bheil a thoradh beannuichte

so-fhaicinn gu cothromach 'an *amhghar*. Ciù-inichidh è falachd ; beothaichidh è toilinntinn agus strìochda ; ni h-eadh ach is cùltaic dhaingean agus èifeachdach è ann a' meadhon gach truaighe d'an urrainn creid'ach a bhi 'n cunnart. Am bheil an Criosduidh fiosraichte le tinneas? roi'-blhais è'n t-àm anns an teich cràdh agus doilgheas gu brath air falbh. Am bheil è clàoidhete le bochduinn? smuainichidh è air an storas a shealbhaicheas è air Neamh. Na chaill è caraид? Tha è coimhead air adhart ris an àm anns an dlúthach è ri comunn na Naoimh, agus nan Aingil. An aith-ghearrad, tha è tuigsinn agus a' creidsinn, “*Gun oibrich na h-uile nithe* “*araon airson a mhaith*; \* *agus gun oibrich* “*'amhghar eatrom dha nach 'eil ach rè sealain* “*trom chudthrom gloire a ta ni 's ro anabarraich* “*agus sior-mhaireannach.*”†

Gidheadh, tha aon olc nach d' ainmich mi f'hast, agus is mò uamhann do shluagh an tsaoighail so de na h-uile;—tha mi a' cialluchadh a *Bhais*. A nis 's ann an so a tha buaidh na'n Ruinte Soisgeulach criochnaichte. Ceadaicheam gun amhuras, gum faod cuid do Chriosdui'ean anfhann, aig a leithid a dh' àm deuchainneach, a bhi air an èigneachadh le cruaidhchàis agus eagail mhi-riasunda; ach tha mi a' labhairt orrasan a tha laidir 'sà Chreidimh, gu bheil iad co-

\* Rom. viii. 20.

† 2. Cor. iv. 17.

masach ann an grad shealladh a bhàis, air gloir a thoirt do Dhia. Tha fios ac' co anns na chreid iad. Tha fios ac' ge d' tha iad gu tur gràineil annta fein, gu bheil iad “ *iomlan ann an Criosd*;”\* agus ag earbs' a eadar-mheadhonair-eachd-sa, 's urrainn doibh gu neo-eagallach an anmabh a chuir 'an lamhan a Chruthai'ear throcairaich sin a thug maitheanas dhoibh a cheana, a dh'fhìrinnich agus a naomhaich iad.

“ *Ge d' fhaillnich agus a shear gas an cridhe agus am feoil, 's urrainn doibh an cinn a thogail suas le aoibhneas, air dhoibh a ihuigsinn gu bheil an saors' am fagus :*”† agus 's urrainn cuid diubh, cainnt bhuadhach Phoil a ghnàthachadh; “ *O bhàis, c'ait am bheil do ghath? O uaigh, c'ait am bheil do bhuaidh? Buidheachas do Dhia, a tha toirt dhuinne na buadha trid ar Tigh-earna Iosa Criosd.*”‡

Mar so, mo Chatriana ghràdhadh, dh'oиріпich mi a chuir an ceil dhuit, beatha agus bàs Criosduidh measail: agus faoineachdam dhiot, nach biodh è taitneach a leithid do bheatha a leantuinn, agus a leithid do bhàs fhaighail, gu neo-eiseimealach air luigheachd shiorruidh an luach-shaoithreach? Gu cinnteach tha beatha shiothchail agus aoibhneach, agus bàs gairdeachais agus buaidh, annta fein ni 's roghnaiche na

\* Colos. ii. 10.      † Luc. xxi. 26, 28.

‡ 1 Cor. xv. 55, 57.

ni sam bith is urrainn an saoghal so a bhuiileachadh.

Ach theagamh gun innis thusa dhomhl, nach 'eil thu a' cur so an teagamh, ach gu'm bu mhiann leat fios-fhaotainn, cia mar a gheibhear an creidimh riomhach so? Cia mar a tha è comasach do mhuinnitir fhann mar sinne, cuartaichte mar a tha sinn le cusbairean aimsireil agus tuigseach, agus le mòran bhuaireachaibh eugsamhail, fuireach beo mar so os-ceann an t-saoghail; comhnuchadh mar so a measg chusbairean neamhuidh? Freagaiream ann am briathraibh ar Fear-saoruidh; “*Do dhaoine tha so ea-comasach, ach do Dhia tha na h-uile nithe comasach.*”\* “*Dluthaichaibh ri Dia, agus dluthaichidh è ribh.*”† Cha'n eil beannachadh spioradail ciod air bith nach fhaodar fhaotainn o'n uile-chumhachdach, *le urnuigh dhurachdach, sheasmhach.* Ach 'n uair a ni thu urnuigh, *bi faicilleach air deas-ghnàthachadh.* Tha mòran an dùil, an uair a labhair eas iad air beulaobh Dhia, riaghait shuidhichte do dheagh fhocail thaghta, gu'n d' rinn iad na h-uile ni'a ghabhas iarruidh orra;—ach cha'n abrainn-sa urnuigh ri so. 'N uair a ni thu urnuigh, bu choir dhuit a cheart dùrachd agus dian-liosdachd a chleachda, a ghnàthaicheadh tu ag iarruidh deagh-ghean èigin o charaid talmhuidh, a

\* Mat. xix. 26.      † Seum, iv. 8.

bh' agad gu ro mhòr a' d' chridhe,—agus mar an ceudna bi càramach, airson freagradh do d' urnuighaibh. Tha mòran ri urnuigh gun uiread smuainéachadh air freagradh fhaotainn ; agus cia mar is urrainn doibh fiughair a bhi aca ris ? Gu cinnteach cha bhualeadh tu deagh-ghean air neach sam bith, a dheanadh sa mhionaid an deigh iarruidh, tionnda air falbh gun fheith-eamh ri freagradh. Uime sin ma 's miann leat da rireadh a bhi ath-nuadhaichte agus naomh-aichte, seall suas gach là, dh'fhaotainn gu hinbh bhig a ràdh gach uair, ris an ti, is urrainn na aonar am mùghadh so a thoirt gu crich ; agus ceasnuich gu càramach, agus gu minic mar an ceudna, staid t-inntinn fèin, a los gun dean thu cinnteach co aca bha t-urnuighean air an èisteachd no nach robh. Ma dh'aithneas tu comharran sam bith de'n mhùghadh bheannuichte so annad fein, bi taingeil do Dhia, agus dean urnuigh gu dùrachdach, chum gum bi thu air t-ath-nuadhachadh ni 's mò agus ni 's mò ; agus dean urnuigh *ann an creidimh*, a' creidsinn, ciod air bith a dh'iarras tu air, 'an ainm Chriosd, gum faigh thu è 'n am iomchuidh, agus bheir so neart agus misneach do d' urnuighean.

'S minic a smuainich mi, gum faodar a ràdh ri fior Chriosdui'ean gu bheil iad a' sealbhachach *mothachadh leasaichte*. Tha iad a' faicinn an rud a tha neo-fhaicinneach do shluagh eile. Coslach ri Stephan, tha iad a' faicinn le 'n suil-

ean inntinneach “*Na Neamha fosgailt’, agus Criod ’na shuidhe air deas laimh Dhe.*”\* Ach cha mhò is urrainn duinne a mothachadh leas-aichte o a bhuileach oirn fein, na’s urrainn duinn aireamh ar tuigse chorporra a mheudachadh. ‘Am firinn, tha gach iompachadh air a thoirt mu’n cuairt co iomlan le obair spioraid Dhe, ’s gum faodar *moirbhuiil* a ràdh ris; agus a mhain ag eadar-dhealachadh o na leigheasan mior-bhuileach a tha air an cur sios anns an t-soisgeul, ’san t-seadh so, gum bu mhiorbhulean a muigh agus faicinneach an sheadhainn ma dhere, agus gur miorbhuiil a stigh agus neo-faicinneach a cheud aon.

Ach ’an so chuimhnichinn dhuit, ciod a thach-air do’n duine dhall a chaidh chuir gu a nigheadh ann an lochan Shiloaim. Ge d’ a bha a mhiorbhuiil air a deanamh le cumhachd ar Fear-saoruidh na aonar, b’ è ’thoilsa gu’n gnàthaicheadh an duine dall na meadhonan a dh’orduich è dha. Mar so tha è leinne. Ge d’ is urrainn Dia ’na aonar ur n-iompachadh, cha ’n fhaod sinn dearmad a dheanamh air meadhona nan gràs. Dh’ainmich mi dhuit a cheana priomh na meadhona sin, mar a ta urnuigh, ach bu mhiann leam beagan bhriathran a labhairt mu thiomchioll na cuid eile.

Bu choir dhuit ma ta a chur ri urnuigh,

\* Gniomh. vii. 56.

*meorachadh dichiolach* a' Bhiobuill. Cha leoir a leugh troimhe, ach bu choir dhuit *a mheorachadh gu curamach*. Thoir oirip air a bhrìgh a thuigsinn, agus airson a ghnothuich sin samhluich aon sgriobtuir ri aon eile, ag amharc suas ri Dia airson soluis agus seoladh anns a chleachda rò fheumail so. Bu choir dhuit mar an ceudna oibre Sgriobhairean Soisguelach a leugh gu tric; agus èisteachd co minig 's as urrainn duit ri Searmoinean Shearmonaichean Soisgeulach. Tha tric leughadh leabhraichean diadhaidh anabarrach feumail dhoibhsan, leis am bu níhiann leasachadh dheanamh anns a' bheatha spioradail; ach 's fhad o na smuainich mi gu bheil na sgriobhachan agus na searmoinean acsan a ta labhairt mu mhodhanna a mhain, gu samhlachail air bheag feum. Ris na meadhona a maigh, cuir dichill na taobh a stigh *dean stri ri creidsiunn*—*dean stri ri creidimh beo fhaotainn*.

Chum a ni a tha mi cialluchadh leis an t-seanachas so a mhìneachadh, gnàthaichidh mi samhlachadh ionnihuinn. 'S dachadh leam nach 'eil thu cur an teagamh gu bheil leithid Iompaireachd Shina ann, ach theagamh nach 'eil thu smuaineach oirre oscean aon uair 'sa bhliadhna. 'S mor am mùghadh a th'eadar do chaomhalachd agus caomhalachd do Pheathar Julia. Creid-eam gum faod mi a ràdh, nach 'eil latha 'dol-seachad anns nach 'eil thu smuaineach oirre; agus gu bheil thu gu minig a' caoimhneas, ann

an roi'-smuainte taitneach, ciod a bhios eadaribh 'n uair a thachaireas sibh a rithisd. Tha mi fada o dhíteadh nan caomhalachdan sin. Tha iad aluinn agus cliùiteach; ach guidheam ort a chuimhneachdh gu bheil aon, a tha thu gu h-anabarrach ni 's mò na chomain na tha è 'n comas duit a bhith do Iulia; agus bu choir a bhi co tric a' d' smuainte. Smuainich air an Ti, a bhàsuich 'an cruaidh-ghleachda, ag ainmeachadh air criothnaichidh nadur dhaonna, gu reite a dheanamh airson do pheacaibh-sa.—Amhairc air, mar gum b'fheadh a' bàsughadh air a' chrann air do shon. An sin seol do smuaintean do 'n aite sin far a bheil è fathast beo gu eadar-ghuidh' adheanamh air do shon. Smuainich air an ti is mò agus is fearr de na h-uile, mar gum biodh è a' coimhead a nuas ort, le suil fhialaidh do-chuir 'an ceil; agus a' labhairt riut anns na briathran ro mhisneachail sin, “*Thigibh a m' ionnsùidh-se,*” “*sibhse uile a ta ri saothair agus fo throm uallaich,*” “*agus bheir mise suaimhneas dhuibh;*” \* agus an sin feoraich dhiot fein, am bheil ni sam bith 'san t-saoghal so, a b'fhiach an dragh dhuit do chulaobh a thionnda o leithid do dh' Fhear-sao-ruidh, agus a leithid do thraigsean gràsmhor a dhiultadh? Ach cha leoир gun smuainich thu air na nithe sin an drast sa rithisd, no aig am-ibh sònruichte. A' thricead 's as smuainicheas

tu orra, gabhadh tu an tuille tlachd 'nan leithid do b'hreithneachadh, agus mothachidh tu tuille togradh gu aoibhneas a dheanamh annta rìsd. Gidheadh, bu choir dhomh innseadh dhuit, nach è a mhain gur coir dhuit smuaineach air ciod a rinn Criod air do shon, ach mar an ceudn' air ciod bu choir dhuits a dheanamh air a shonsa. Thoir oidhreap air a ràdh le trèibh dhireas, mar a thubhairt Daibhidh, “ *Ciod a dh'iucas mi do'n Tighearn airson 'uile shochairean?* ” \*—Biodh do shealladh ri Iosa na shealladh taingealachd agus samhlachadh. Leugh, le mòr churam, a bheatha, a sheanachas, agus sgrìobhachan 'Ab-stoil, chum gun dean thu cinnteach, cia math a.dh' fheuchas tu do thaingealachd ; gum foghlum thu cia mar thig thu beo dha-san, a bhás-uich air do shon. 'An ath-ghearrad, mo Chat-riana ghràdhach, 's è mo mhiann dùrachdach agus m' iarrtus, gun gnàthaicheadh tu na meadhona 's na h-oiriordan sin uile ; agus gnàthaich iad gu h-ealamh.—“ *Feuch ! a nis an t-àm tait-neach, feuch a nis la na slainte.* ” † An ti a tha gealltuinn maiteanais, cha 'n 'eil è gealltuinn an látha maireach, agus nan diultadh tu a nis an lamh sin, a tha, mar gum biodh i, sìnt' a mach gu d' ghabhail a stigh, faodai si gu luath (cha 'n 'eil fhios agad-sa cia cho luath !), bhi air a cumail air ais gu siorruidh. Cha labhair mi

\* Salm cxvi. 12. † 2 Cor. vi. 2.

tuille air a chuid so de m' theagascg.—Mheud-aich mi 'n Litir so a cheana mòran ni b'fhaide na chuir mi romham an toiseach, ach cha robh mi toileach air ni sam bith fhagail gun labhairt, a bha mi 'n duil a bhiodh feumail “*Chum teagasg—“ an an t-soisgeuil a mhìneachadh, no gu 'n spar—“ radh air t-inntinn.*”

Tha mi nis mu thimchioll co'-dhunadh ; ach mu 'n dean mi sin, bu mhiann leam beagan fho-call a ràdh, chum cuir an aghaidh cuid do chunnail a dh'fhaodas theagamh teachd am follais dhuit fein, no dh'fhaodas a bhi air an cuir an cuimhne dhuit le feadhainn eile. 'S è cheud aon diubh sin air an gabbh mi beachd, gur teagamh gun d'theid innse' dhuit, gum feum thu bhi daonnan a' smuaineachadh air Diadhachd, a reir mo riaghaitse, ni ata neo-chomasach.

Ach tha 'n cunnul so air fhaotainn le mearachd. Ceaduichead gu h-ullamh, gu bheil è neo-chomasach a bhi daonnan a' smuaineachadh air Diadh'achd, ni mo tha è comiasach do 'n luchd foghlum a bhi daonnan a' smuaineachadh air an leabhruicean. Gidheadh, gu cinnteach tha eadar-dhealachadh ro mhòr eadar duine fòghlumte agus duine aineòlach ; agus, chum an samhlachadh a leanachd beagan ni 's faide, ge d' a dh'fhaodas an luchd foghlum tachairt ri iomad grabadh 'nan cnuasachadh, tha iad a' coimhead air na grabacha sin mar amhgar, agus pillich iad gu suilbhír ri 'n cnuasachadh 'n uair is

urrainn doibh. — Mar so tha e mar an ceudna leis na fior chreid'ich.

Is cunnul eile dh'fhaodas theagamh bhi air a dheanamh do m' riaghailtse, gu bheil i *tuille's teann*, agus nach 'eil an teanntachd so uile feumail. Ri so fhreagairinn, 'n urrainn duinn sinn fein a dheanamh *tuille's cinnteach a Neamh*? Nach 'eil comhairle Pheadair ro ghlic agus crionnda, “*Sinn a dheanamh an tuille dichill chum ar gairm's ar taghadh dheanamh cinn-teach?*”\* Cha 'n urrainn mearachd air an taobh so, treorachadh gu droch thoradh ciod air bith. 'S eigin do mhearachd air an taobh eile bhi dochunnach agus do-leasachadh. Osbarr, 's cuimhne leis gach fior Chriosduidh, “*Nach leis fein è fein; gun do cheannachadh le luach è,*”† le luach nach lugha na fuil agus cruaidh-ghleachda Mac Dhe; agus is leoir an smuain so dhi-fein gu shaoradh gu brath o gach uile ghineamhuinn neo-thuigseach *ann bhi tuille's teann*.

Ach theagamh gum faod cuid-eigin innse' dhuit, ma ni thu a leithid do bheatha leantuinn 's a bha mis' a' cuir an ceil, gum bi thu *son-ruicht' agus arайдh*. Ri 'n leithid, fhreagairinn, gu bheil sluagh Dhe gu riaghailteach air an cuir an ceil san sgriobtuir, “*mar shluagh son-ruichte.*”‡—Chaidh innse' dhuinn “nach ann

\* 2 Pead. i. 10.    † 1 Cor. vi. 19, 20.; agus vii. 23.

‡ Tit. ii. 19.

“ do ‘n t-saoghal so iad ; \*—nach ’eil gràdh aca  
 “ do ‘n t-saoghal ; nach ’eil iad ionchuidh airson  
 “ an t-saoghail ; † gu bheil iad air an cèusadh  
 “ do ‘n t-saoghal.” ‡—Tha iad sin nan steigh-  
 theagasan drùighteach. Ach os-ceann gach ni,  
 bu mhiann leam thu thoirt fainear gu dùrachd-  
 ach, briathran ro chomharraicht’ ar Slanuigh-  
 ear fèin, “ *Imichibh a steach air an dorus chumh-*  
 “ *ann ; oir is farsuing an dorus, agus is leathann*  
 “ *an t-slighe a tha treorachadh chum sgrios, agus*  
 “ *is lionmhor iad a tha dol a steach oirre :—Ach*  
 “ *is cumhann an dorus, agus is aimhleathann an*  
 “ *t-slighe a tha treorachadh chum na beatha, agus*  
 “ *is tearc iad a tha ‘g amas oirre.*” §

’S è gum buineadh tusa, mo Chatriana ghràdh-  
 ach, agus gach aon d’ ar Teaghach-ne, do ‘n  
 dream shonadh thearc sin ; agus gu ‘n taigeadh  
 sibh le fèin-fhiosrachadh a’ mughadh bha mise  
 cuir an ceilidh ; agus gairdeachas a dheanamh ann  
 an Iosa Criosd, araon na àm agus an siorruidh-  
 eachd, urnuigh dhùrachdach agus thrèibhdhi-  
 reach ’ur Peathar fior chaomh-chridheach,

## HANNAH N'IC-NA-CEAIRD.

\* Eoin, xv. 19 ; agus xvii. 16.      † Rom. viii. 29.

‡ Galat. xvi. 14.      § Mat. vii. 13.

## DO 'N LEUGHADAIR.

---

A shamhúil sin bha na teagasgan diadhaidh aig an neach ro oirdheirc so, air an d' oibrich i le aire bhidheanta. Iadsan a thug fianuis air ciùineas a h-inntinn ;—a cridhealas riaghailteach ;—an toil-inntinn a shealbhaich i ann bhi deanamh maith gu bunailteach ;—an fhoighidinn agus an strìochdà leis an do chum i suas an aghaidh tinneas fadalach ;—agus an dochas muinghinneach a bh' aice a sonas siorruidh, anns an t-saoghal ri teachd, tha iad ga mhothachadh mar fhiachaibh orra fein, a h-eiseim-pleir agus a barailean, a chliùthachadh gu ro dhù-rachdach do shluagh eile, mar na meadhona is ro choslaiche ri sonas siorruidh a bhuanachadh.

# LEASACHADH.

---

CHAIDH dublaichean eigin de cheud chlò-bhualadh na litreach air thoiseach a roinn, chum gum biodh beachd na h-inntinn suidhichte, o bharaillean an t-sluaigh urramaich sin dh'ionnsuidh an deach an cur, co dhiubh bha è iomchuidh tuille chlo-bhualadh no nach robh chum leasachadh diadhaidh a chuir air aghaidh. Bha freagairtean nan rùn-phairtichean sin cho lan thaitneach, 's nach urrainn teagamh sam bith a nis bhi air a shocrachadh, air coir sheilbh na h-oibre ath-chlo-bhualadh.

Tha 'n darna cuid dublaichean no As-tharruingean da dh' aireamh de na freagairtean a chaidh philleadh, air an cur sios leis a so air beulaobh na cumanta, cha 'n ann a mhain le beachd an t-ughdar fhìreannachadh, airson litir a chlo-bhualadh nach do mhiannaicheadh le a Sgriobhair airson a chlo-chclair, agus nach 'eil theagamh 'an staid co iomlan 's a bhiodh i air mhughadh doigh; ach mar an ceudn' airson an leughadoir a dheanamh comasach air mòr luach agus toilltinneas na h-oibre tha è leughadh a mheas gu h-iomlan, le mhothachadh agus a

smuainte fèin a choimeas riu sin a th' air an gabhail dhi le aireamh do shluagh fiosrach. Tha mar an ceudna moran de na rùn-phairtichean sin a' cuir an ceil sanuis, a dh' fheumas bhi ro thaitneach do 'n Chriosduidh chrabbhach.

Tha è feumail a mbain innseadh, gu bheil na freagairtean ath-chuirte ris, saor o Litir ro shia-chail Hannah Mhòre, air an clo-bhuáladh 'n an riaghait chomharrachte fa leth, o 'n a b' è an lathait bu neo-bhuailtich do choire. Tha a Litir-se (a ta sgriobhta leis na h-uiread chomas, neart, agus eireachdas seanachais, leis a bheil Sgriobhachan an Ughdair ainmeil sin gu riaghailteach air an coimharrachadh,) air a clo-bhuáladh mar a shuaras i, air dhi aontachadh leis a chùis sin. Tha a mhain carrainnean de na run-phairtichean eile air an toirt seachad, oir mheadaicheadh e 'm paipeir so tuille 's mòr na h-uiread do Litrichean a chlo-bhualadh gu h-iomlan; nì mo chaidh shaoilsinn feumail ainm an sgriobhair a leige ris 'n uair nach robh a mhain ach cuibhrionn d' a sheanachas air a chur sios.

I. M'N'C.

*Ornly, Lodge,  
Ham Common, Surrey,* }  
*25th July, 1818.* }

I.—*Litir o Hannah Mhore, gu Sir Iain Mac-na-Ceaird.*

THA mi mèthachadh moran solais, ann am factainn o d' laimh-se an obair bheag luachmhòr a thug thu'n t-urram dhomh na cuir a' m' ionnsuidh. Cha'n 'eil fhios agam co dhiubh is mò ni mi co'-ghàirdeachas riut, airson a leithid do Nighinn a shealbhachadh, no ni mi co'-fhlolang riut airson gun chaill thu i. Is sòlasach a bhi smuaineachadh, am seadh a dh'fhalbh ise gu dlùthachadh ris a Chomunn a ta os ar ceann, airson a reir coslais an robh a beatha uile air a h-ullachadh, gun d'rinn i a h-ainm maireannach leis an Litir fhiachail so; agus cha'n è a mhain a h-ainm, ach a togradh gu math a dheanamh, airson a reir coslais an robh aice gairm shònruichte.

Bha i gun amburas na Bain-tighearn oig ro chomharraichte. Bha a beachd air a Chreidimh Chriosduidh ro dhomhain. Ghabh i 'n uine ghearr, sealladh seadhar d' a theagasgaibh. Cha'n 'eil na teagasgan sin 'na barailse a mhain nan dealbh-inntinn mhaiseach, air an deanamh suas de smuaintibh ardanach, ach bunait fhallain gach uile naomhachd. Tha gach seol eile air toirt fainear a ghnothuich fheumail so a' m' bheachdsa cunnartach agus mealltach. Tha iadsan a ta roinn teagasc o chleachdadh, mu'n eualadh sinn o cheann ghoirrid na h-airdeall a

dh'aobhair mhi-shealbhar, a' dealachadh an ní a dhlùthraig na Sgriobtairean ann an co'-chordadh daingean. 'S coslach gun do dheasuish beatha na Bain-tighearn oig so, mìneachadh cliùiteach air a Sgriobhadh. Sgriobh i mar chaith i a beatha ; ghnàthaich i mar a chreid i.

Earbam nach è a mhain gum bi aig an Fhoillseachadh so an deigh bais, an toradh is sonadh air na Peathraighean ionmhuinn, airson an deach gu ro shònruichte a dheanamh, ach air uiread 's a leughas è, gu h-araidh orrasan d' a seorsa fein 'an aois, agus 'an inbhe a beatha. Faodar a ràdh uimpesa le danachd shònraichte, air dhi bhi marbh, gu bheil i fathast a' labhairt.

Tha mi 'g inntrinn gu ceart ris a bharail leis a bheil thus a' co'-dhunadh do Sgriobhadh air thoiseach ; tha 'm fior chliù agus a bheatha dheagh-bhèusach a dh' ullaich gu buadhar i airson na staid bheannuicht air an do thriall i, do innseadh a' geurachadh na caomhalachd, agus ag antromachadh na calldaich a thainig air a cairdean brònach.

'A miannachadh dhuitse gu trèibhdhìreach, agus do d' theaghlach brònach, gach uile sholais is urrainn diadhachd a bhualeachadh, agus cha 'n 'eil sluagh sam bith eile ni 's fhiachaile air an ainm. Buanaicheam, le mor urram,

Do Sheirbhiseach ro mhodhail agus dileas,  
HANNAH MORE.

*Bailey Wood, near Bristol,*

*June 13, 1818.*

II.—*As-tharruing Litreach o Dhùinn-uasal ann an Lunduinn, sgrìobht air an 9mh la de mhios meadhonach an t-Samhruidh,*  
1818.

“LEUGH mi gniomh diadhaidh do Nighinn oirdheirc leis na h-uiread lan-thoileachadh, gu bheil mi smuaineachadh gu ’m biodh è na ghlan-threigsinn air gach mothachadh cliùiteach, mar deanainn buidheachas a thoirt duit gu treibh-dhireach, airson rùn-phairt a th’ air aireamh gus gach uchd athaireil a lionadh le toileachadh. Ciod an sòlas a dh’fheumas a bhi agads, airson gum b’ è toil an Uile-chumhachdaich a gluasad bharr an talmhuinn, gun d’ fhag i na deigh a leithid do dhearbhadh soilleir air a sòlas air Neamh. ’N uair a tha sinn air ar gairm gu siubhal bharr an t-saoghal so, cia iomad muillein a th’ ann, nach ’eil a fagail dearbhadh taitneach sam bith, air a leithid do ghnè anama ’s a ghlanas air falbh na deoir a dhoirteadh airson an neach a bhàsuich. Is barrail an Litir gu firinneach, agus tha i dearbhadh anns gach sreach, inntinn air a cothromach airson saoghal is fearr. Tha i co mòr osceann uireasbhuidh molaidh sam bith, gu bheil mi ’n aite seanachas tuireadh airson na calldaich, mòran tuille air m’ aomadh gu labhairt air toileachadh.—Co a ghradhaich i gu fior a mhiannaicheadh i philleadh? Gum b’

ann a bhios do chaomhalachd athaireil-sa cuartaichte anns na smuaintean criosduidh sin."

---

**III.—*As-tharruing Litreach o Dhuin-uasal ann an Lunduinn, sgrìobht' air an 9mh la de 'n mhios cheudna, 1818.***

"THA sinne gu baileach sa chall cia mar a bheir sinn buidheachas dhuit gu h-iomchuidh, airson na fagail fhiachail agus fheumail a chuir thu d'ar n-ionnsuidh do d' Nighinn ainmeil agus thuirte. Ciod a bhuaidh fhoirfe thairis air a Bhàs a choilionas a leithid do staid inntinn ('s a dh'fheum a bhi aice-san), cha 'n ann a mhain dhi-san a shiubhail, ach dhoibh san aig a' bheil a call ri chumhadh."

---

**IV.—*As-tharruing Litreach o Bhain-tigh-earn oig, sgrìobht' air an 13 de'n mhios cheudna, 1818.***

"THA mi deoineach aideachadh gu 'n d' fhuair mi Litir chlo-bhualte, air a sgrìobhadh le d' Nighinn ionmhuinn, anns a' bheil na smuaintean agus na ceud-thùis dhiadhaidh sin bu bhunait d'a h-uile oirdheirceas air am foillseachadh. Tha mi 'n earbsa gum faod i bhi na h-

impidh air mòran a stiùiradh dh'ionnsuidh na fir-inn, agus air a chreidimh sin a neartachadh ann am muinntir eile, aig an robh a thoradh gu mais-each air a chur air adhart trid beatha 'ughdair a shiubhail."

---

V.—*As-tharruing Litreach o Bhain-tigh-earn, sgriobht' air an 13, de 'n mhios cheudna, 1818.*

“ BHUANNAICH leughadh Litir co barraichte dhomh mòran sòlais, agus tha i toirt fa'near an dearbhadh is soilleire air cuimhne na Bain-tigh-earn ainmeil, a leig ris a smuainte diadhaidh.”

---

VI.—*As-tharruing Litreach o Dhuin uasal do Ard-chomhairle na rioghachd, sgriobht' air à' 15, de'n mhios cheudna, 1818.*

“ THA mi toirt mòran buidheachais dhuit airson an Leabhair bhig a chuir thu m' ionnsuidh. Is samhladh sòlasach è air diadhàchd do Nighinn a shiubhail; agus ge do ni thu bròn airson call a leithid do leanabh, gidheadh, tha è, na shòlas maireannach dhuit, a leithid do theisteanas bhi agad, gun d'rinn ise roghainn de'n chuid mhath sin, nach gabh toirt uaipe am feasd.”

VII.—As-tharruing *Litreach o Phears-eaglais fagus do Lunduinn, sgrìobht' air an 17, de'n mhios cheudna, 1818.*

“ LEUGH mi le lan-thoileachadh anabarrach, agus tha mi 'n earbsa le leasachadh, an Litir luachmhòr a tha lorgaichte le greantachd laimh boirionnaich; agus am feadh a tha gach ni is ro fheumaile air a chuir sios innt' tha i gu h-iomlan faobhaichte de'n doigh sgrìobhaidh a tha nis, (direach gu lanachd) air a mheasgadh fein ris a chuid is mò de na h-ur fhoillsichean air Diadh'achd.

“ B' urrainn mi iomad ait' a chomharrach a mach a ta coslach dhomsa, ri bhi d'an ghnè is ro fhaireachaile agus is drùightich, agus gidheadh a tha coslach ri bhi air a sgrìobhadh, gun strigh shònraichte, ach gu h-araid taosgadh nàdurra agus gnàthaichte, da chaomhalachd fhior-ghlan agus riaghailteach.”

“ Tha gach sreath dhi a' fireannachadh an Ughdair.”

---

VIII.—As-tharruing *Litreach o Bhaintighearn ann an Lunduinn, sgrìobht' air an 18, de'n mhios cheudna, 1818.*

“ Chaidh an Litir a chuir thu m' ionnsuidh a leughadh le mòr aoibhneas, agus cha 'n ann gun

ghairdeachas, gun do cheadaicheadh do neach cho chliùiteach, co tra so, a beatha a chrioch-nach anns an fhasach shaoghalta so, agus dol a stigh chum aoibhneas a Tighearna. Tha cuid do smuaintean èigin iinnté, air an cuir an ceil 'an spiorad co fior Shoisgeulach, ag ardachadh an Fhir-shaoruidh, air dhoigh 's nach 'eil è ach ainmig air ardachadh leis na Criosdui'ean is ro dhiadhaidh, tha è ri earbsa gum bi 'n leabhar beag so, gu farsuing air a sgaoileadh, air son sochair na muinntir sin a tha ga smaoineach *iriosal* bhi 'n teagamh mu 'n saorsa, agus chum spiorad lag a chreid'ich ghealltaich a thogail suas."

---

*IX.—As-tharruing Litreach o Ard Dhuin-uasal d' a Thigh na Morairean, sgriobht air an 21, de 'n mhios cheudna, 1818.*

“ THA agam ri buidheachas na Ban-diuchd agus mo bhuidheachas fein a chuir a' d' ionnsuidh, airson dùblachadh ro dhrùighteach, caomhail, agus fior dhiadhaidh na Litreach, a sgriobhadh le d' Nighinn thuirte air a' mhios ma dheire de 'n Fhogharadh chaidh seachad, a chuir do mhaitheas d' ar n-ionnsuidh ; Litir a tha toirt fa'near an urram is mo air a cuimhne, agus d'an èigin aig a mhionaid so fior shòlas a thoirt seachad dhuitsa.”

X.—*As-tharruing Litreach o Phears'-eag-lais, sgrìobht' air a' 25, de 'n mhios cheudna, 1818.*

“ Cha 'n iognadh leams' am moladh chaidh bhuileachadh air Litir do Nighinn oirdheirc a shiubhail. Tha 'n Litir sin a' cur an ceil mìneachadh co soilleir agus fhìrinneach do dh' Fhìrinnibh Soisgeulach, co slan theagascail agus co snas-ghnathaichte 's nach eol domh cia mar is urrainn di bhi tuille's ard air a moladh, no tuille's farsuing air a sgaoileadh.”

---

XI.—*As-tharruing Litreach o Phears'-eag-lais ann an Albainn, sgrìobht' air a' mhios cheudna, 1818.*

“ 'A toirt fainear gun robh an Litir air a sgriobhadh gun bhi los a clo-bhualadh, *is iongantach an toradh i*; agus tha i leigadh ris, cha 'n è amhain eolas snasmhor agus farsuing, ach eolas fiosrachail air firinnibh an taisbein; agus a' dearbhadh nach è amhain gu 'n d' fhoghlum an t-ughdar iad, ach gu 'n do chaith i a beatha fo 'n cumhachd.”

**XII.—As-tharruing Litreach o Bhaintigh-earn ann an Sussex, sgríobh' air a 5, lá de mhios fa dheire an t-Samhruidh, 1818.**

“ AN teagascg is aillidh á tha na daoine is ro ionnsaichte agus is oilleanaichte, faotainn deacaire ri mhìneachadh, agus a dheanamh furasd tuig-sinn d’ ar toinisg anshann-ne gu h-iomlan, tha do Nighean aluinn agus thuirte-sa a’ toirt air adhart o h-inntinn, (anns an Litir a thug thu dhomh an t-urram na cuir am ionnsuidh), air mhodh co soilleir, co dearbhta, agus co fallain an teagascg, ’s a shasuicheas le ’firinnibh, ’s a thoilicheas le a deas-chainnt shimplidh.”

---

**XIII.—As-tharruing Litreach o Bhaintighearn ann an Eirinn, sgríobh' air an 6, de'n mhios cheudna, 1818.**

“ 'S URRAINN domh co'-mhothachadh tuille 's ceart a dheanamh ann am bròn tigheil.—Gidheadh, ’s èigin do d’ bhròn-sa bhi air a chiùin-eachadh, fhad ’s as comasach e, le d’ ath-smuaintibh air ceudsaithean, deugh-bhèusan, agus diadh'achd do Nighinn iomhuinn. Tha’n geur-mhothachadh is sòlasaiche agad air a mhath a riinn-i san t-saoghal so, le a riaghailtean agus le h-eisiomplair ; agus tha ’n dochas is co-fhàrtach-

ail agad air an t-sonas sin a th' air a ghealltuinn san ath-bheatha, mar luach-saoithreach a leithid a dh' aonachd creidimh agus dheagh oibribh."

---

**XIV.—As-tharruing Litreach o Dhuin-uasal do mhuinntir aird-an-iar Shasgunn, sgríobht' air an 6, de'n mhios cheudna, 1818.**

“ ’S DUILICHINN mòr leam fhaotainn, gun d’ fhuling thu a leithid do dhosguinn mhòr thigh-eil, ann an call do Nighinn is sine.—Ach ’s eigin duit toileachadh mòr fhein-fhiosrachadh ann am foillseachadh do’n t-saoghal na Litreach air “ *Ceud thùis a’ Chreidimh Chriosduidh.*” Tha na smuainte th’ air an cuir sios innt’ a’ feuchainn doimhneachd a siorrachais, agus cha ’n urrainn i faillneach gun dearbhadh gu h-ard tharbhach do’n ghinealach a tha ’g eiridh suas. Cuiream i ’an lamhan na cuid bhoirionn d’ an teaghlach, air son an teagasg.”

---

**XV.—As-tharruing Litreach o Bhain-tigh-earn ann an Lunduinn, sgríobht' air an 8, de'n mhios cheudna, 1818.**

“ LEUGH sinne an Litir le mòr churam agus sòlas, agus tha sinn a’ mothachadh a h-uile

thoiltinneas. Do-leasaichte mar is èigin d'a chall a leithid do Nighinn a bhith, is lan-thoileachadh dhuit an sólas a tha thu faotainn o i chaitheadh a beatha ann an cleachda bunailteach, agus ann an gnàthachadh neo-dhearmadach gach deagh bhèus Crioduidh, air son mile doilgheas ! Creid-cam nach do ghabh spiorad bu ghloine riamh comhnuidh air uchd Athar agus a Dhe.—Rinn mòran Nighean gu subhailceach, ach thug thusa barrachd orra uile.”

---

XVI.— *s-tharruing Litreach o Phears-eaglais ann an Lunduinn, sgrìobht' air an 9, de 'n mhios cheudna, 1818.*

“ THA — ro fhad an comain Shir I. M‘N‘C. air son Litir ro dhrùighteach a Nighinn oir-dheirc a shiubhail, a leugh è *le mòr shòlas*, agus tha è 'n dochas *nach ann gun bhuannachd.*”

---

XVII.— *As-tharruing Litreach o Phears-eaglais ann an Albainn, sgrìobht' air an 11, de'n mhios cheudna, 1818.*

“ 'S dearbh-chinnte leam, nach b' urrainn neach sam bith tuille trèibh-dhireas fhaireachd-

uinn, na rinn mise air do shonsa agus air son do theaghlaich, a thaobh an aobhair bhrònaich ma dheire.—Gun amhuras, bha è neo-chomasach do neach sam bith a bha idir eolach air do Nighinn ghràdhaich a shiubhail, gu 'n dlùthachadh leat ann an tuireadh na calldaich aig aon, aig an robh a beatha co fior fhiachail, agus aig an robh mòran coiliontachd a dh'fhas i co fior luachmhor d' a teaghlach agus d' a cairdean.— Ach trom 's mar tha bhuelle, leis am b' è toil Ard-uachdran agus Riaghail'ear gach uile nithe t-fhiosrachadh, tha iomad cùis a' co-aontachadh gu frithealadh do d' shòlas foidhpe. B' aoibh-neach leam a chluinntinn gun do shealbhaich i 'n t-siochaint bu ro fhoirfe, agus an fhois-inntinn bu chiuine rè a tinneas fada ; agus gu'n robh i le a creidimh agus a faighdinn, a strìochadh, agus a deagh dhochas, comasach air a h-aidmheil chriosduidh a dheanamh sgiamhach, agus a dhearbhadh do gach neach mu' timchioll, ciod is urrainn diadh'achd a dheanamh, dhoibhsan a dhlu-ghabhas è gu firinneach.—Earbam gum bi a h-eiseimpleir dealrach fad air chuimhne le a cairdean, agus a thoradh beannuichte toirt fianuis 'n am measg fhad 's as beo iad.

“ Cha 'n 'eil mi 'g radh a bheag mu 'n staid arduichte air an d'inntrinn i a nis.—Air an staid sin is tarbhaich agus is cudthromraig do gach uile ni, cha 'n 'eil an fharsuingeachd is lugha air son teagamh ; agus cia saibhir,—cia pailt

an solas, is èigin do chairdibh Crioduidh fhaotuinn o'n smuain dhùrachdaich so ! ' Ma ghràdh-aich sibh mise,' ars ar Slanuigh'ear bean-nuichte r'a Dheiscicbluibh 'n uair a bha iad muladach airson a għluasad uapa,—' ma għrādh-aich sibh mise dheanadh sibh gairdeachas, 'a chiġġi gun dubhaint mi, theid mi dh'ionnsuidh an Athar.'—Anns a' cheart doigh, 'n uair a tha ar cairdean Crioduidh air an toirt uainne, bu choir dha sòlas a thoirt duinn bhi smuaineachadh, gu bheil iad a nis mòran ni 's sonadh na b' urrainn doibh a bhith maille ruinne.—Tha, mo dhuine caomh, tha do Nigheans' a nis maille ris an 'Ti d' an d'thug a h-anam gràdh. Dhlùth-aich i ri spioraid na 'n ionrac air an deanamh foirfe,—agus fhuair i o'n Fhear-shaoruidh ur-ramach sin anns an do chuir i a h-earbsa, an crun glòirmhor, a għeall è dhoibhsan a għrādh-aicheas è agus a ni seirbhis da.

" Leugh mi a Litir ro luachmhor chum a Peathar le sòlas.—Is fagail i de 'n t-seorsa is fearr do na cairdibh caomh a dh'fħag i na deigh, agus bithidh si na cuimhneachan do gach neach a għabb eolas oirre, air a tuigse fhallain, agus air a diadh'achd arduichte. Ge nach do mhian-naich i riamh a foillseachadh, gidheaddh leis nach do thoirmisg i è, tha mi smuaineach gu'n d'rinn thu ceart 'na toirt do'n t-saogħal. Tha i ro fhreagarrach gu math a dheanamh—agus trid beannachadh Dhe, earbam gun dearbh i bhi

feumail, cha 'n ann a mhain dhoibhsan airson  
an deach a tarruинг an toiseach, ach do mhòran  
eile."

---

**XVIII.—As-tharruing Litreach o Phears'-  
eaglais, sgrìobht' air an 12, de 'n mhios  
cheudna, 1818.**

" THA mi ga m' fhaireachduinn fein toilichte  
gu mòr, le d' aire chairdeil-sa, ann an cuir am  
ionnsuidh Litir do Nighinn chum a Peathar.  
—Cia ceart a tha è ri fhaicinn o gach smuain  
a th' air an cuir sios 's an obair sin, gun robh i  
air a teagasg ann an diadh'achd fhallain na 'n  
Scriobtuire; agus o mhathair-aobhair a bhean-  
nachaidh sin, cia math a bha i comasach air i  
fèin a thoirt suas gu glòir Dhe.—Gun teagamh  
's fheudar d' a thoirt air falbh a leithid do Nigh-  
inn, mòran a dh' ath-smuaintibh cràiteach a  
thoirt gu t-inntinn-sa, ach maille ri ath-smuain-  
tean eile nach 'eil ni 's laghadh toileachais agus  
tòlais; oir is tearc na parantan a chaidh urra-  
machadh le leanabh, sealbhaichte le leithid do  
dh' inntinn inbhich, agus co saibhrichte le eolas  
neamhuidh."

**XIX.—As-tharruing Litreach o Dhuin-uasal Americanach, sgrìobht' air an 12, de 'n mhios cheudna, 1818.**

“ LEUGH mi Litir do Nighinn chumhùte, leis a’ choir a tha ’n teagasg do ghnàth a’ riaghailadh ; agus ge d’fheud è a reir coslais bhi neo-fheumail ni sam bith a ràdh mu a toilltinneàs, gidheadh cha ’n urrainn mi cumail air ais o chomharrachadh, gu bheil domhalas smuaintean air an gabhail a steach innte, agus cumhachd comhairleachaidh, ro ainmig ann an obair d’ a h-uiread. Os-barr, tha caileigin anabarrach drughteach anns a’ mhodh’s a blieil i teachd air beulaobh an t-saoghail, a tha ’g ardachadh molaidh a taobh a stigh. A thaóbh a h-ath-chlobhualadh ann an Staitibh America, ’s cinnte leam gum bi sòlas air son a diadh’achd co math ’s air son a deas-chainnt thionnsgainnte agus mhalta.”

---

**XX.—As-tharruing Litreach o Dhuin-uasal ann am Middlesex, sgrìobht' air an 16, de 'n mhios cheudna, 1818.**

“ BHUILICH mi gun teagamh cuibhrionn snuaice de m’ uine, ann an leughadh cuid do dh’ oibre saoithreachail, co-ionann an nadur ri obair

do Nighinn chÙmhte-sa ; agus tha mi ullamh gu leoir gu fianuis a thoirt air an toilltinneas, mar thuille oibrabh saothaireachail. Gidheadh, tha mi breithneachadh Litir do Nighinn-sa ni 's fearr air a h-aireamh chum sgaoileadh mor fhaotainn ; agus a ta a mhain a dh'uireasbhuidh oirre, chum feum a dheanamh dhoibhsan a fhritheileas d' i. Dearbham dhuit, mo dhuine caomh, nach do leugh mi riamh ni sam bith d' an t-seors' ann an cuairt cho gearr, no 'an cuairt bu mhò, a thug dhomh, faoda mi ràdh, uiread luidheachd. Tha i sgriobhta leis ná h-uiread eireachdas, thrèibh dhireas, agus ghloinead doigh sgriobhaidh, 's nach urrainn i failleach gun toileachas, sòlas, agus tairbhe thoirt do gach leughadoir. Tha gach sreach a' toirt geurnihothachadh do 'n inntinn ; bha fior bharailean 'n a Creidimh Chriosduidh air am meas gu ceart, agus air an lan thuigsinn leis an ughdar ; agus tha è soilleir ri fhaicinn gun robh i fein na h-eiseimpleir ainmeil air an ni a dh' orduich i leis na h-uiread mhothachadh, neart, agus chumhachd, agus le aigne ionmhuiinneach d' a Piuthair agus d' a teaghlaich. Tha i do rìreadh a toirt urram anabarrach do 'n cheann 's do 'n [chridhe a shealbhaich i.]

**XXI.—As-tharruing Litreach o Phears-eaglais ann an aird-an-iar Shasgunn, sgrìobht' air an 16, de 'n mhios cheudna, 1818.**

“ THA mi gu trèibh dhireach a’ deanamh co-chumhadh maille riut air son na calldaich, an call nach gabh leasachadh, aig neach co oir-dheirc agus dhiadhaidh ri d’ Nighinn a shiubhail. Is coslach gun do sheol i dh’ i fein *riaghailt creidimh*, ga ’n d’ rinn i mar an ceudn’ a *riaghailt ghnàthaichte*; agus gun robh i deoinach gum biodh müinntir eile air an deanamh tarbhach leis, co math rithe fein.”

---

**XXII.—As-tharruing Litreach o Bhaintighearn, sgrìobht' air an 20, de 'n mhios cheudna, 1818.**

“ MEASAM an obair, araon air son an Ughdair, agus air son a toilltinneas fein. Tha i ’g analachadh an spioraid fhior-ghloin dhiadhaidh sin a dh’ fhaoda fiughair bhi ris, o neach a chaith a beatha uile ann an leanmhuinn oibre maith, agus aig an robh a laithean deireannach co lan earbs’ agus strìochdadadh.”

**XXIII.—As-tharruing Litreach o Dhuin-uasal 'an Siorrachd Hertford, sgrìobht' air an 20, de 'n mhios cheudna, 1818.**

“ LEUGH mi Litir do Nighinn ; agus am feadh a tha mi air mo sdiuireadh air túis gu beachd a ghabhail, air an fhreagarraichead, an t-snasmhoireachd, agus am modh reidh-bheirteach, ’s a bheil i air a sgriobhadh, tha mi buailte leis na còmdaichean a tha i foillseachadh, air diadh’achd neo-chealgach, co math ’s air smuain dhomhain, agus teann bħreithneachadh an sgriobhair, fad an taobh thall nan aidmheilean meallta, neo-dhiong’alt’ agus neo-oibreachail d’a dhiadh’achd a tha gu tric a tachairt ruinn ; agus ga ’n eigin mōran a dheanamh, chum deoir an duilichinn neo-fheumail a shiapadh air falbh, air son cāll neach co oirdheirc.”

**XXIV.—As-tharruing Litreach o Phears-eaglais, sgrìobht' air a 24, de 'n mhios cheudna, 1818.**

“ ASLUICHEAM comas m'aideachadh ro thaingeil fhoillseachadh dhuit, airson do run-phairt ro chaoimhneil. Fodh chúisibh mar t-fheadhaínsa, ’s eigin da bhi na shòlas ro laidir, leanabh bhi agad, a bha na maise co dealrach d’a h-aid-

mheil, agus na beannachadh co mòr do 'n t-saoghal. Cha'n urrainn d' an Litir chlò-bhualte faillneachadh, gun bhi na feum mòr a measg a cairdean 's a luchd-daimh, agus do mhòran nach fhaca riamh i."

---

**XXV.—As-tharruing Litreach o Dhuin-uasal, a chaill Nighean aluinn o cheann ghoirid, sgriobht air a mhios cheudna,**  
1818.

“CEADAICH dhomh moran buidheachais a chuir air ais a' d' ionnsuidh airson do Litir cho-fhurtachail, air call brònach na Nighinn fhior aluinn agus chaomh-chridheach fa dheire, agus airson ioma-dhruideadh Litreach maille rithe, “*Air Ceud-thùis a' Chreidimh Chriosduidh*,” sgriobhta le d' Nighinn is sine, uine bheag roimh a h-euslaint. Dearbham dhuit, gu bheil a leughadh, a' toirt dhomhsa 's do m' theaghlaich sòlas mòr, fo'n dosguinn chudthromraig a dh'-fhuiling sinn ; agus tha mi rithisd ag asluchadh comais mòran caoimhneis a nochda, air son an aobhair chairdeil a chuir impidh ort do dheagh-ghean fheuchainn dhomhsa, le obair co mothachail, agus co fior dhiadhaidh.”

**XXVI.—As-tharruing Litreach o Phears-eaglais ann an Kent, sgrìobht' air a' mhios cheudna, 1818.**

“ THA mi ga m’ fhaireachduinn fèin urram-aichte gu mòr, le rùn-phairt na Litreach eag-mhaiseach sin sgrìobhta le d’ Nighinuse,—a nis ann an gloir :—*Ann an gloir*, oir cha ’n ’eil è comasach nach do ghleidh a leithid do dh’eolas air an fhirinn,—a leithid do chreidimh ;—a leithid do dh’fhoighdinn ;—a leithid do dhochas anns an Tighearn Iosa Criod ;—a leithid do sheirc ’s a chuir a Bhain-tighearn Chriosduidh sin an ceil ’na Litir agus a dh’fhoillsich i, (a reir a chunntais ghoirrid, ach ro tharbhach sin a thug thusa uimpe,) anns gach gniomh d’ a beatha, nach do ghleidh iad aite tearuinnte dhi, nach ceadaicheadh dhomhs a ràdh, ann an uchd an t-Slanui’ear sin a ghràdhach i, sa mhionaid anns an cuibhliche a spiorad beannuichte tigh-còmhnuidh a phailliuin thalmhuidh ? .

“ An ceadaicheadh dhomhs a nis a thoirt fainear dhuitse, cia oirdheirc a thainig fior spiorad a’ Chreidimh Chriosduidh am follais ’an eisiomplair do leinibh chaomh, a tha soilleir ann am bàsuchadh, nach do bhlaibh am bàs riabh, agus air dhì bhi marbh, a tha na codal a thaobh a cuirp, ann an uchd an talmhuinn sin, d’ an d’ thugar thairis i, agus a thaobh a h-anama,

tha i a nis maille r' a Tighearna beannuichte fein ann am Pharras Dhe.

Cliuthaicheam gu sònruichte, ann am fèin-shiosrachadh na Bain-tighearn oige so, am feadh, nach do thagair i a bheag airson aon air bith d' a h-oibre matha fein, mar gum b' urrainn i bhi air a fireanachadh leo sa chuid bu lugha, ach a' tilgeadh achdair a dochais, cinnteach agus seasmhach, gu h-iomlan agus gu sònruichte, air fireantachd Chriosd, bha i gidheadh co fad air a h-aomadh, 's nach b'urrainn di am feasd air mhùghadh doigh, na bhi na creutair nuadh, air a breith a rìsd agus air a' h-ath-nuadhachadh a reir coslais Dè, am fìreantachd agus am fior naomhachd, siughair a bhi aice ri gnùis Dhè shaicinn an sìth, no aite no cuibhrionn sam bith fhaotainn 'na rioghachd Neamh-nidh-se.

" Gu cinnteach, a reir coslais, bu choir dha bhi na mheudachadh ionmhuiinneachd do Neamh fein, aig am bheil a h-aoibhneis uile neo-chrioch-nach, gu 'n coinnich sinn leithid a spioraid-sa, agus a leithid a mhain, anns an tigh chòmhnuidh bheatba, ghràidh, agus aoibhneis sin, d' am bheil Dia toirt a chloinne, ga d' a tha iad an drasta sgapte a muigh, 's fiosrach sinn gun coinnich iad uile a cheile aon là an sin, chum a ghlòir a gheall esan doibh 'na Mhac gràdhach a shealbhachadh.

“ Air mo shon fein deth, éha nàr leam àid-eachadh, an deigh dhomh an Litir fhior Shois-geulach so a leughadh, agus a’ chrioch bheannuicht’ aice-san a sgriobh i a chluinntinn, gur è aig a mhionaid so, miann is trèibh-dhirich le m’ chridhe, gu ’m bàsuich mi bàs an aon fhirinnich so, agus gum bi mo chrioch dheireannach da rìreadh coslach r’ a crich-se.”

---

## XXVII.—*As-tharruing Litreach o Phears-eaglais ainmeil ann an Albainn, 1818.*

“ LEUGH mi Litir do Nighinn le mòran toileachais, agus tha mi smuaineach gu bheil i foill-seachadh cunntas goirid dealrach agus druighteach d’an fhirinn sin a tha chum Slainte ; agus tha nio bharail daighnichte leis na Criosdui’ean is ro ainmeile agus is tuigsiche ’s a choimhearsnachd so. Chaidh mòran dhublaichean dhi reiceadh an so ; agus, carbam, gun d’theid toimhsean a ghabhail, chum riarachadh seas-mhach a chumail suas airson sgaoileadh, do bbrigh gur urrainn mi dhearbhadh dhuit, gu bheil mi ga ’smuaineach iomchuidh chum math mòr a dheanamh seadh na h-inbhe is airde, agus gun amhuras air feadh gach inbhe d’ an chofhlaitheachd.”

**XXVIII.—As-tharruing Litreach o'n Ur-**  
**ramach D. Lavade, Pears-eaglais aig**  
**Lausanne 'an Switzerland, gu Oirdheirceas**  
**Stratford Canning, am Ministeir**  
**Breatunnach 's an Tìr sin, sgriobht' air**  
**an 6, de mhios meadhonach a Gheamhruidh, 1818.**

“ CHA robh t-oirdheirceas-se air a mhealladh ann an smuaineachadh gu 'n gabhainn-se gu ro thoileach curam na Litreach aig a Bhain-tigh-earn uasail Hannah Nic-na-Ceaird eadar-thean-gachadh, agus a chlò-bhualadh 's an Dùthaich so. Faodaidh tu Sir Iain a dheanamh cinnteach gun dean mise gach uile ni tha mar fhiachaibh orm, agus cha 'n 'eil mi 'n teagamh nach bi mi comasach air a mhìneachadh sin air a' Chreidimh Christoduidh a sgaoileadh an sc, agus anns na Dùthachnan mu m' thimchioll 'an uine shea seachduinean o'n àm so, agus ann an Genéva cuideachd, a ta coslach dhomhse ri bhi Soisgeulach, agus a th' air a mhìneachadh co soilleir 's a tha è comasach do dhuine dheanamh. Tha agam amhain ri iarruidh gun d'theid innseadh do Shir Iain, oir 's math is aithne dhomh ainm, gu bheil mise toil-each air m' urram a dhearbhadh air a shon, le co-aontachadh ullamh chum a thoil a dheanamh. Guidheam gun d' theid Sir Iain a dheanamh cinnteach gu bheil mis' a' co-mhothachadh ris 'n

a theinn, agus gu bheil mi gu tréibh-dhireach a' dlùthachadh ris an t-sluagh urramach sin a tha meas co mòr an tabhartais luachmhoir sin a thug a Nighean ionmhuinn d'a teaghlach, agus do'n mhòr-shluagh.

“ Tha mi sònruachadh tòiseach le da mhile Leabhar, gu bhi air an clò-bhualadh aig cosdus riaghailteach, agus air son a ghnothuich sin cosduidh mi beagan *Napoleons* a chaith thoirt domh chum clò-bhualadh a leithid do dh' oibre feumail a chuir air aghaidh. Theid cuid de na leabhraichean a chuir a dh'ionnsuidh Shir Iain, chum gum bi è murrach air breith a thoirt air tairiseachd an eadar-theangachaидh.”

#### A' CHIRIOCH.

---

R. MEINNE, Clo'·bhualt'ear.



